



# STIÙIREADH REACHDAIL AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG





# CLÀR-INNSE

---

<b>4</b>	<b>RO-RÀDH</b>
<b>7</b>	<b>SUIDHEACHADH REACHDAIL</b>
<b>10</b>	<b>MÌNEACHAIDHEAN REACHDAIL</b>
<b>11</b>	<b>PÀIRT 1 - ACHD AN FHOGLAIM (ALBA) 2016</b>
<b>11</b>	Tagraidhean Measaidh
<b>13</b>	Sgìrean Measaidh FBG
<b>16</b>	Ciad Mheasaidhean agus Dleastanasan air Ùghdarrasan Foghlaim
<b>19</b>	Tagraidhean air nach Fheumar Measadh a Dhèanamh
<b>19</b>	Measaidhean Iomlan
<b>23</b>	Ath-thagraidhean
<b>24</b>	An Dleastanas Taic a thoirt do dh'Fhoghlam is Ionnsachadh tron Ghàidhlig agus an Cur air Adhart
<b>25</b>	<b>PÀIRT 2 - FOGHLAM GÀIDHLIG</b>
<b>25</b>	A' Glusad Eadar Ìrean ann am Foghlam tron Ghàidhlig
<b>25</b>	Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne na Gàidhlig
<b>26</b>	Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig
<b>27</b>	Foghlam Àrd-sgoile tron Ghàidhlig
<b>28</b>	Teisteanasan ann am Foghlam Gàidhlig
<b>28</b>	FtG agus Achd nan Sgoiltean (Co-Chomhairleachadh) (Alba) 2010
<b>29</b>	Gàidhlig agus am Modh-oideachaidh 1+2 Chànan
<b>30</b>	Feallsanachd agus Àrainneachd na Sgoile
<b>30</b>	Feuman Taice a Bharrachd ann am FtG
<b>31</b>	Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh ann am FtG
<b>31</b>	Ceannas agus Planadh ann am Foghlam Gàidhlig
<b>32</b>	Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-beatha Dreuchdail ann am Foghlam Gàidhlig
<b>33</b>	Co-chonaltradh ri Teaghlaichean le Clann ann am Foghlam Gàidhlig
<b>33</b>	Meud nan Clasaichean ann am FtG
<b>34</b>	Sgìrean-sgoile FtG is Stiùireadh airson Àiteachan a Ghleidheadh do Sgoilearan
<b>35</b>	A' Trusadh is a' Gleidheadh Luchd-teagaisg ann am FtG
<b>36</b>	Maoineachadh airson Foghlam Gàidhlig
<b>38</b>	<b>NOTAICHEAN</b>
<b>39</b>	<b>FIOSRACHADH CONALTRAIDH</b>
<b>40</b>	<b>EÀRR-RÀDH A - Pròiseas nan Tagraidhean airson FBG</b>
<b>41</b>	<b>EÀRR-RÀDH B - Stiùireadh do Phàrantan air a' Phròiseas Mheasaidh</b>
<b>42</b>	<b>EÀRR-RÀDH C - Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 - Na Cumhachan Gàidhlig</b>

## RO-RÀDH

---

**Tha an Stiùireadh Reachdail seo air ullachadh le Bòrd na Gàidhlig fo Earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha dà phrìomh phàirt ann. Ann am Pàirt 1 tha stiùireadh ann a tha gu sònraichte co-cheangailte ri Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus mu phròiseas nan tagraidhean airson foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBG) agus an dleastanas a th' air ùghdarrasan foghlaim gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig agus a chur air adhart. Thèid na cumhachan Gàidhlig san Achd a chur an gnìomh air 1 Gearran 2017 ach dh'fhaodadh gum bi Pàirt 1 den Stiùireadh seo feumail dhuibh ron cheann-latha sin gus an urrainn dhuibh ullachadh airson cur-an-gnìomh nan cumhachan. Ann am Pàirt 2 tha stiùireadh a bharrachd ann co-cheangailte ri mar a thèid foghlam Gàidhlig a libhrigeadh ann an sgoiltean.**

---

### Cò dha a tha an Stiùireadh seo?

Tha an stiùireadh seo, sa chiad àite, airson ùghdarrasan foghlaim agus tha e a' togail air na cleachdaidhean agus dòighean-libhrigidh a tha ùghdarrasan foghlaim air a stèidheachadh thairis air deich air fhichead bliadhna. Stèidhichte air an eòlas sin, tha an Stiùireadh seo a' mineachadh nan diofar eileamaidean a tha an lùib foghlam na Gàidhlig ann an Alba, agus tha e a' stèidheachadh dhòighean-obrach cunbhalach gus foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a libhrigeadh, agus tha e

cuideachd a' sealltainn gu soilleir dè bu chòir do dhaoine a bhith sùileachadh bho FtG agus ciamar a bu chòir dha a bhith air a libhrigeadh.

Tha an Stiùireadh seo cuideachd airson phàrantan. Tha e a' toirt dhaibh tuilleadh fiosrachaidh air mar a chuireas iad tagradh a-steach do dh'ùghdarras foghlaim ag iarraidh orra measadh a dhéanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith, agus air mar a tha am pròiseas ag obair. Tha e cuideachd a' toirt dhaibh fiosrachadh air na bhios romhpa ma chuireas iad tagradh a-steach airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith.

A bharrachd air ùghdarrasan foghlaim agus pàrantan, tha an stiùireadh seo airson a h-uile ùghdarras poblach ann an Alba, ùghdarrasan poblach tar-chrìochail le dleastanasan tiomnaichte agus a h-uile duine agus buidheann a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig. Feumaidh ùghdarrasan poblach na h-Alba aire a thoirt don stiùireadh



seo nuair a tha na dleastanasan aca a' buntainn ri foghlam Gàidhlig no libhrigeadh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach FtG. Mar sin, tha ceanglaichean ann eadar an Stiùireadh seo agus prìomh sgrìobhainnean reachdail eile a bhuineas ris a' Ghàidhlig, leithid a' Phlana Cànanain Nàiseanta Ghàidhlig agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, dà sgrìobhainn a tha foillsichte fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

## Foghlam Gàidhlig ann an Alba

Tha FtG a-nis na roinn stèidhichte de dh'fhoghlam na h-Alba. Tha e na amas do FtG gum bi e comasach do dhaoine òga a bhith ag obair gu fileanta ann an dà chànan agus iad a' dol bho na tràth-bhliadhnaichean, tron bhun-sgoil agus a-steach don àrd-sgoil.

'S e seòrsa foghlam bogaidh a th' ann am FtG bhon sgoil-àraich gu deireadh na bun-sgoile. Leis an t-seòrsa foghlaim seo, chan eilear a' cleachdadh ach a' Ghàidhlig airson ionnsachaidh, teagaisg agus mheasaidhean airson a' chiad trì bliadhna sa bhun-sgoil. Bho P4 gu P7 tha foghlam bogaidh air a chumail a' dol ach, aig an ìre seo, tòisichidh sgoilearan ag obair sa Bheurla. Bho P4 air adhart, às dèidh do sgoilearan tòiseachadh air Beurla, bu chòir don Ghàidhlig a bhith fhathast na prìomh chànan san t-seòmar-teagaisg.

A-rèir nan cleachdaidhean as fheàrr a thaobh FtG agus foghlam bogaidh, bu chòir do chloinn an aon ìre fileantachd agus litearrachd a ruighinn ann an Gàidhlig agus Beurla, agus ìrean coileanaidh fhreagarrach a ruighinn anns gach pàirt eile den churraicealam tron Ghàidhlig. Gheibhear ann am FtG clann agus daoine òga bho theaghlaichean aig a bheil Gàidhlig, agus bho theaghlaichean aig nach eil mòran Gàidhlig, no Gàidhlig sam bith, san dachaigh.

Tha FBG a-nis ri fhaighinn anns na sgìrean aig grunn ùghdarrasan foghlaim air feadh Alba. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bidh clann bho ùghdarrasan foghlaim far nach eil FBG ri fhaotainn a' faighinn

cothrom air FBG ann an ùghdarrasan eile a tha rin taobh ri linn aontaidhean eadar ùghdarrasan. Tha an àireamh bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an Alba a' fàs, agus cuideachd an àireamh bhun-sgoiltean le dà aonad (Gàidhlig agus Beurla) anns a bheil a' mhòr-chuid san aonad Ghàidhlig.

Cuideachd, gheibhear diofar sheirbheisean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne (TCC) tron Ghàidhlig, an dà chuid seirbheisean reachdail is neo-reachdail, air feadh Alba. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air na h-àiteachan far am faighear Foghlam Gàidhlig an-dràsta, aig gach ìre foghlaim, agus air cia mheud dhiubh a th' ann air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.

Tha foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig (FASG) cuideachd ri fhaighinn ann an cuid a dh'àrd-sgoiltean. Mar as trice, gheibhear Gàidhlig mar chuspair, le cuid a sgoiltean a' libhrigeadh phàirtean eile den churraicealam tron Ghàidhlig.

Tha foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) eadar-dhealaichte bho FtG, seach gu bheil e air a libhrigeadh do chloinn ann am foghlam tron Bheurla, mar chànan a bharrachd. Tha leudachadh brosnachail air tighinn o chionn ghoirid air FLI, gu h-àraid aig ìre na bun-sgoile, le daoine òga a' faighinn bun-fhiosrachaidh mun chultar agus mun chànan.

Tha àite cudromach cuideachd aig buidhnean foghlaim agus buidhnean poblach eile ann an Alba ann a bhith toirt taic do agus a' toirt air adhart foghlam Gàidhlig ann an Alba. Bidh Foghlam Alba,



Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS), Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (SFC), Colaiste na h-Alba airson Ceannas Foghlaim (SCEL) agus ionadan trèanaidh luchd-teagaisg a' toirt taic agus brosnachadh do dh'fhoghlam na Gàidhlig ann an Alba agus a' cuideachadh le bhith ga leudachadh. Còmhla ris na buidhnean seo, tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt taic do chloinn, luchd-teagaisg agus pàrantan tron obair aca gus goireasan a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig.

## Ag Ullachadh an Stiùiridh Reachdail seo

Chaidh an Stiùireadh Reachdail seo ullachadh le buidheann-obrach, air an robh Brus Robasdan OBE na chathraiche, agus le riochdairean air bho Bhòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, COSLA, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Baile Ghlaschu. Nuair a bhathar ag ullachadh an Stiùiridh Reachdail, chaidh seiseanan co-chomhairleachaidh a

chumail le pàrantan agus luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig airson faighinn a-mach dè na cuspairean as motha ris am feum an Stiùireadh dèiligeadh. Chaidh ealla a ghabhail ris na freagairtean bho na seiseanan sin ann a bhith ag ullachadh Pàirt 2 den Stiùireadh seo. Chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail a mhair trì mìosan eadar Lùnastal is Samhain 2016 far an robhar ag iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air dreachd den stiùireadh seo agus freagairtean a thoirt seachad air grunn cheistean sònraichte. Fhuaras freagairtean bho 242 buidhnean is daoine fa leth sa cho-chomhairleachadh (18 bho ùghdarrasan foghlaim, 15 bho bhuidhnean Gàidhlig, 15 bho bhuidhnean eile agus fhuaras an còrr bho dhaoine fa leth, a' gabhail a-steach pàrantan) agus chaidh ealla a ghabhail ris na beachdan is freagairtean sin ann a bhith dealbh na dreachd dheireannaich den Stiùireadh seo. Bidh aithisg iomlan air na cuspairean a chaidh a thogail sa cho-chomhairleachadh phoblach ri faotainn bho Bhòrd na Gàidhlig.



## SUIDHEACHADH **REACHDAIL**

### Tha an earrainn seo den Stiùireadh a' mìneachadh nan dleastanasan reachdail a th' air Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan foghlaim co-cheangailte ris an Stiùireadh seo.

**Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016** – an gnìomh bho 15 Iuchar 2016

#### Earrainn 16 - Stiùireadh

- (1) Tha Earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (stìùireadh airson foghlam Gàidhlig) air atharrachadh mar a leanas.
- (2) Ann am fo-earrainn (1), airson "Faodaidh", cuiribh "Feumaidh" na àite".
- (3) Às dèidh na fo-earrainn sin cuiribh a-steach–
  - "(1A) Faodaidh cumhachan a bhith san stiùireadh fo fho-earrainn (1) a bhuineas gu h-àraidh ri bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean.
  - (1B) Ann am fo-earrainn (1A), tha ciall aig an fhacal "sgoiltean" mar a gheibhear sa mhìneachadh ann an earrainn 135(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980."
- (4) Às dèidh fo-earrainn (2) cuiribh a-steach–
  - "(2A) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach sam bith air a bheil dleastanasan a bhuineas ri foghlam Gàidhlig, no libhrigeadh foghlam Gàidhlig, aire a thoirt don stiùireadh ann a bhith coileanadh nan dleastanasan aca, far a bheil e follaiseach gu bheil an stiùireadh fo fho-earrainn (1) a' buntainn ris na dleastanasan sin."

**Achd na Gàidhlig (Alba) 2005** – mar a chaidh a h-atharrachadh bho 15 Iuchar 2016 (atharrachaidhean ann an **orains**)

#### Earrainn 9 - Stiùireadh airson foghlam Gàidhlig

- (1) **Faodaidh Feumaidh** am Bòrd stiùireadh ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba a thaobh a bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig agus mar a thèid a leithid a dh'fhoghlam a leasachadh.
  - (1A) **Faodaidh cumhachan a bhith san stiùireadh fo fho-earrainn (1) a bhuineas gu h-àraidh ri bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean.**
  - (1B) **Ann am fo-earrainn (1A), tha ciall aig an fhacal "sgoiltean" mar a gheibhear sa mhìneachadh ann an earrainn 135(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.**
- (2) Tha fo-earrainnean (2) gu (8) de dh'earrainn 8 a' buntainn ri stiùireadh fo fho-earrainn (1) mar a tha iad a' buntainn ri stiùireadh fo fho-earrainn (1) den earrainn sin.
  - (2A) **Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach sam bith air a bheil dleastanasan a bhuineas ri foghlam Gàidhlig, no libhrigeadh foghlam Gàidhlig, aire a thoirt don stiùireadh ann a bhith coileanadh nan dleastanasan aca, far a bheil e follaiseach gu bheil an stiùireadh fo fho-earrainn (1) a' buntainn ris na dleastanasan sin.**

**Earrainn 8 – Stiùireadh, cuideachadh, msaa bhon Bhòrd**

- (2) Ann a bhith ag ullachadh an stiùiridh, feumaidh am Bòrd-
  - (a) dreachd den stiùireadh fhoillseachadh,
  - (b) sanasachd a dhèanamh air a' chothrom gus beachdan a thoirt seachad air an dreachd den stiùireadh fo fho-earrainn (3) taobh a-staigh ùine a mhaireas co-dhiù 3 mìosan a dh'fhaodas am Bòrd a chomharrachadh, agus
  - (c) ealla a ghabhail ri beachdan sam bith a gheibh e a-steach rè na h-ùine sin.
- (3) Faodaidh neach sam bith a tha airson beachd a thoirt don Bhòrd mun dreachd den stiùireadh sin a dhèanamh taobh a-staigh na h-ùine a chaidh a chomharrachadh gus fo-earrainn (2) a choileanadh.
- (4) Feumaidh Ministearan na h-Alba-
  - (a) aonta a chur ris an stiùireadh le atharraichean no às an aonais, no
  - (b) an stiùireadh a dhiùltadh agus, ma nì iad sin, faodaidh iad iarraidh air a' Bhòrd mar nì riatanach stiùireadh ath-leasaichte ullachadh agus a chur a-steach thuca, taobh a-staigh ùine a dh'fhaodas iad ainmeachadh.
- (5) Nuair a thèid stiùireadh ath-leasaichte a chur a-steach thuca, feumaidh Ministearan na h-Alba-
  - (a) aonta a chur ris an stiùireadh, no
  - (b) òrdugh a thoirt don Bhòrd gus an stiùireadh fhoillseachadh ann an cruth is seagh a tha Ministearan na h-Alba a' meas iomchaidh.
- (6) Às dèidh don stiùireadh aonta fhaighinn no, a rèir mar a bhios a' chùis, nuair a bheir Ministearan na h-Alba òrdugh seachad gus fhoillseachadh, feumaidh am Bòrd fhoillseachadh ann an dòigh a tha e a' meas iomchaidh.
- (7) Faodaidh am Bòrd stiùireadh a thèid fhoillseachadh fo fho-earrainn (6) atharrachadh no a chùlghairm, agus tha fo-earrainnean (2) gu (6) a' buntainn ri atharraichean.
- (8) Mus cùl-ghairm e stiùireadh foillsichte fo fho-earrainn (6), feumaidh am Bòrd cead fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba.

Tha an Stiùireadh seo air fhoillseachadh fo Earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha air atharrachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 bho 15 Iuchar 2016, agus tha e a' fàgail dleastanas air Bòrd na Gàidhlig an Stiùireadh seo fhoillseachadh agus cuideachd a' fàgail dleastanas air ùghdarrasan foghlaim agus ùghdarrasan poblach buntainneach eile aire a thoirt don Stiùireadh seo nuair a tha an obair aca a' buntainn ri foghlam Gàidhlig no ri bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig.

**Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 – Earrainn 12(6)****Measaidhean iomlan**

- (6) Nuair a nì iad co-dhùnadh fo fho-earrainn (5), feumaidh ùghdarras foghlaim aire a thoirt do- ...
  - (b) stiùireadh sam bith fo earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ...



Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt don Stiùireadh seo nuair a tha iad a' dèanamh measadh iomlan gus faicinn a bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG ainmichte agus nuair a tha iad a' dèanamh co-dhùnadh am bu chòir dhaibh FBG a stèidheachadh (feumaidh ùghdarrasan foghlaim co-dhùnadh a dhèanamh gus FBG a stèidheachadh, mura h-eil e mì-reusanta sin a dhèanamh ri linn nan cùisean ann an earrainn 12(6)). Tha Pàirt 1 den Stiùireadh seo gu sònraichte mun phròiseas mheasaidh airson FBG.

### **Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 - Earrainn 15(6)**

#### **An dleastanas taic a thoirt do dh'fhoghlam agus ionnsachadh tron Ghàidhlig agus an cur air adhart**

(6) Le bhith coileanadh an dleastanais seo a thaobh taice fo fho-earrainn (2) a thaobh foghlaim mar a tha e air a mhineachadh san fho-earrainn sin, feumaidh ùghdarras foghlaim- ...

(c) aire a thoirt do stiùireadh sam bith fo earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire cuideachd a thoirt don Stiùireadh seo nuair a tha iad a' coileanadh an dleastanais aca gus taic a thoirt do FtG agus FLI agus an dà sheòrsa foghlaim sin a chur air adhart.



## MÌNEACHAIDHEAN REACHDAIL

### Tha an earrainn seo den Stiùireadh Reachdail a' sealltainn mhìneachaidhean reachdail de phrìomh abairtean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig.

San Stiùireadh Reachdail seo, a rèir nan Achdan buntainneach:

Tha **“foghlam Gàidhlig”** a' ciallachadh foghlam far a bheilear a' teagasg agus ag ionnsachadh a bhith cleachdadh is a' tuigsinn na Gàidhlig mar a tha i air a cleachdadh ann an Alba, no mun Ghàidhlig mar a tha i air a cleachdadh ann an Alba, no tron Ghàidhlig mar a tha i air a cleachdadh ann an Alba (*faicibh earrainn 10(1) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005*).

Tha **“foghlam tron Ghàidhlig”** a' ciallachadh teagasg agus ionnsachadh tron Ghàidhlig, mar a tha i air a bruidhinn ann an Alba (*faicibh earrainn 18(2) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus paragraf 12 de chlàr 1 airson Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*).

Tha **“foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig”** a' ciallachadh a bhith a' teagasg Gàidhlig do sgoilearan, agus iad ag ionnsachadh a' chànain, a tha ann am foghlam far a bheil Beurla na prìomh chànan teagaisg (*faicibh earrainn 18(2) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016*).

Tha **“tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne”** a' ciallachadh seirbheis, le foghlam is cùram, de sheòrsa a tha freagarrach ann an suidheachadh àbhaisteach do chloinn a tha fo aois sgoile, le aire ga thoirt do cho cudromach 's a tha co-chonaltradh is eòlas eile a gheibhear a bheir taic do dh'ionnsachadh is leasachadh ann an àrainneachd chùramach is thaiceil (*faicibh earrainn 46 de dh'Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014*).

Tha **“ùghdarras foghlaim”** a' ciallachadh comhairle air a stèidheachadh fo earrainn 2 de dh'Achd an Riaghaltais Ionadail msaa (Alba) 1994, agus bidh “sgìre”, a bhuineas ri ùghdarras foghlaim, air a tuigsinn

a rèir na h-earrainn sin (*faicibh earrainn 135 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980*).

Tha **“pàrant”** a' gabhail a-steach neach-dìon agus neach sam bith ris a bheil e an urra dleastanasan pàrant a choileanadh no aig a bheil dleastanasan pàrant do phàiste no neach òg, no aig a bheil cùram do phàiste no neach òg (*faicibh earrainn 135 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 agus earrainn 1(3) de Achd na Cloinne (Alba) 1995*).

### Notaichean air briathrachas co-cheangailte ri sgìrean:

Tha **“Sgìre Mheasaidh FBG”** a' buntainn ri tagradh measaidh a nithear fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus tha e a' ciallachadh sgìre a tha ùghdarras foghlaim air a chomharrachadh far a bheil iad an dùil measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhìth (*faicibh earrainn 8 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus paragrafan 1.14-26 den Stiùireadh seo*).

Tha **“Sgìre-sgoile”** a' buntainn ri sgoil a tha air a stèidheachadh mu thràth agus tha e a' ciallachadh sgìre a tha ùghdarras foghlaim air a chomharrachadh mar sgìre às an tig na sgoilearan a thèid chun na sgoile sin (*faicibh earrainnean 28A is 28B de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 agus 2.53-56 den Stiùireadh seo*).

Tha na cùisean air am feum ùghdarras foghlaim beachdachadh nuair a tha iad a' comharrachadh nan seòrsaichean sgìrean seo air am mìneachadh ann an earrainnean reachdais eile agus dh'fhaodadh gum feum ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air cùisean gu math eadar-dhealaichte agus bidh sin a rèir an t-suidheachaidh ionadail aca fhèin.

## PÀIRT 1 – ACHD AN FHOGHLAIM (ALBA) 2016

**Tha am pàirt seo a' toirt Stiùireadh seachad air na cumhachan Gàidhlig a th' ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 (“Achd 2016”); tha na cumhachan sin a' stèidheachadh a' phròiseis gus measadh iarraidh bho ùghdarras foghlaim gus faicinn a bheil foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBG) a dhìth agus an dleastanas gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig agus a chur air adhart.**

Thèid cumhachan Achd 2016 a chur an gnìomh air 1 Gearran 2017 ach dh'fhaodadh gum bi Pàirt 1 den Stiùireadh seo feumail dhuibh ron cheann-latha sin gus an urrainn dhuibh ullachadh airson cur-an-gnìomh nan cumhachan.

**Tagraidhean Measaidh** (Earrainn 7 de dh'Achd 2016)

**Faodaidh pàrantan le clann fo aois sgoile, agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast, measadh iarraidh, gus faicinn a bheil FBG a dhìth, bho ùghdarras foghlaim na sgìre far a bheil am pàiste a' fuireach.**

- 1.1** Faodaidh pàrant le pàiste fo aois sgoile, agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast, measadh iarraidh, gus faicinn a bheil FBG a dhìth, bho ùghdarras foghlaim na sgìre far a bheil am pàiste a' fuireach.
- 1.2** Mus cuir iad tagradh a-steach airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhìth, thathar a' moladh gum faigh pàrantan a-mach a bheil gus nach eil foghlam FBG ri fhaotainn ann an sgìre an ùghdarras foghlaim mu thràth, agus gum bu chòir dhaibh, sa chiad dol a-mach, fios a chur chun an ùghdarras foghlaim feuch an urrainn don phàiste aca a dhol gu aonad no sgoil a tha stèidhichte mu thràth ann an sgìre an ùghdarras foghlaim. Bu chòir do phàrantan cuimhneachadh nach e tagradh airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhìth an aon rud ri iarrtas gus am pàiste aca a

chlàradh airson aonad no sgoil FBG a th' ann mu thràth, no airson aonad no sgoil a dh'fhaodadh a bhith air an stèidheachadh (faicibh paragrafan 1.61 agus 2.53-56).

- 1.3** Tha Ministearan na h-Alba air riaghailtean a stèidheachadh fo earrainn 7(5) agus (6) de dh'Achd 2016, agus iad air cur air dòigh gu bheil foirm ri fhaotainn a dh'fheumas pàrant a chleachdadh nuair a tha iad a' cur tagradh gu ùghdarras foghlaim airson measadh iarraidh gus faicinn a bheil FBG a dhìth. Thèid na riaghailtean sin a chur an gnìomh air 1 Gearran 2017, agus sin a' chiad latha air am faodar tagradh a dhèanamh. Gheibhear am Foirm airson Tagradh Measaidh airson FBG air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig [gov.scot/GMPEAssessmentForm](http://gov.scot/GMPEAssessmentForm).
- 1.4** Thathar a' moladh gum bi duilleag aig gach ùghdarras foghlaim air an làrach-lìn aca le fiosrachadh do phàrantan air mar as urrainn don phàiste aca cothrom fhaighinn air FtG san sgìre aig an ùghdarras foghlaim. Thathar a' coimhead air seo mar an nì as lugha a bu chòir do dh'ùghdarras foghlaim a bhith dèanamh airson an dleastanas aca a choileanadh gus taic a thoirt do dh'fhoghlam is ionnsachadh tron Ghàidhlig agus an cur air adhart (faicibh paragraf 1.66). Air an duilleig sin bu chòir fiosrachadh a bhith ann air na cothroman a th' ann mu thràth air FtG (aig ìre sam bith) ann an sgìre an ùghdarras foghlaim, agus

fiosrachadh air mar as urrainn do neach measadh iarraidh gus faicinn a bheil FBG a dhìth. Bu chòir don Fhoirm airson Tagradh Measaidh airson FBG agus an Stiùireadh seo a bhith rim faotainn air an duilleig sin no bu chòir ceanglaichean ris na sgrìobhainnean sin a bhith air an duilleig.

**1.5** Cuideachd, bu chòir fiosrachadh mionaideach is soilleir a bhith ann air a' phròiseas gus tagradh a chur a-steach, a' gabhail a-steach dè an seòladh puist-d gu am bu chòir an dreachd dhìdseatach den fhoirm a chur agus, ma thathar a' cur lethbhreac pàipeir den fhoirm a-steach, dè an seòladh puist gu am bu chòir am foirm a chur. Ma bheir ùghdarrasan foghlaim fiosrachadh mionaideach is soilleir seachad mu bhith cur tagradh a-steach, cuidichidh sin iad le bhith dèanamh cinnteach gun tèid tagraidhean a chur chun an sgioba cheart agus gun tèid dèiligeadh riutha a rèir a' chlàir-ama ris am feumar cumail fo Achd 2016.

**1.6** San fhoirm thathar ag iarraidh air pàrantan fianais a chur na chois airson latha-breith a' phàiste aca agus fianais air an àite-chòmhnaidh aig a' phàiste. Tha liosta de ghrunn sgrìobhainnean-aithneachaidh coitcheann ann, ach cuideachd tha bogsa ann 'sgrìobhainn(ean) eile' agus thathar a' moladh do phàrantan gun coimhead iad air làrach-lìn an ùghdarrais foghlaim gu bheil iad a' cur tagradh, feuch dè na sgrìobhainnean-aithneachaidh a tha an t-ùghdarras foghlaim sin a' moladh mar fhianais.

**1.7** Tha fiosrachadh ann a [dh'fheumas](#) a bhith san tagradh:

- Feumaidh an tagradh a bhith buntainn ri aon phàiste a-mhàin, agus bu chòir an ainmeachadh san tagradh.
- Cuideachd, feumaidh fianais a bhith anns an tagradh, no leis an tagradh, a sheallas gu bheil iarrrtas ann airson FBG bho phàrantan

le clann eile a tha a' fuireach ann an sgìre an aon ùghdarrais foghlaim agus a tha air an aon bhliadhna ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh.

**1.8** Cuideachd, [faodar](#) fianais a thoirt seachad, an cois tagraidh bho phàrant, a tha a' sealltainn gu bheil iarrrtas ann airson FBG bho phàrantan le clann eile fo aois sgoile a tha cuideachd a' fuireach ann an sgìre an aon ùghdarrais foghlaim ach a tha air bliadhna *eadar-dhealaichte* bhon phàiste a chaidh ainmeachadh. Tha am foirm a tha Ministearan na h-Alba air a chur air dòigh a' sealltainn an fhiosrachaidh a dh'fheumas a bhith ann an tagradh sam bith a chuireas pàrant a-steach do dh'ùghdarras foghlaim.

**1.9** Ged nach fheum sibh ach fianais a thoirt seachad airson clann a tha air an aon bhliadhna ri ur pàiste fhèin, tha an cothrom ann an tagradh a dhèanamh nas làidire ma tha fianais ann de dh'iarrrtas bho phàrantan le clann eile bho bhliadhnaichean eile. Oir feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt, nuair a tha iad a' dèanamh measadh iomlan, don fhiosrachadh uile ris an do ghabh iad ealla nuair a rinn iad ciad mheasadh (faicibh paragraf 1.28).



**1.10** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim cuideachd aire a thoirt do dh'fhiosrachadh sam bith a th' aca mu dheidhinn an iarrtais a tha san sgìre aca airson FBG bho phàrantan le clann a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast, co-dhiù a tha iad air an aon bhliadhna ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh no air bliadhna eile. Dh'fhaodadh gum bi àite ann do Bhòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant gus pàrantan a chuideachadh le seo. Dh'fhaodadh na buidhnean sin taic is comhairle a thoirt do phàrantan a thaobh a bhith faighinn fianais mu dheidhinn an iarrtais a th' ann airson FBG bho phàrantan le clann eile a tha air an aon bhliadhna no air bliadhna eile.

**1.11** An-dràsta, chan eil tagradh bho phàrant ach a' toirt air ùghdarrasan measadh a dhèanamh airson foghlam bun-sgoile agus tha earrainn 18(2) de dh'Achd 2016 ga dhèanamh soilleir nach eil "foghlam bun-sgoile" a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Chan eil tagradh a' fàgail dleastanas air ùghdarras foghlaim gus measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FtG a dhith aig ìre tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne no aig ìre na h-àrd-sgoile.

**1.12** San àm ri teachd, 's dòcha gun toir Ministearan na h-Alba, tro riaghailtean, riatanas a-steach far am feum ùghdarrasan foghlaim dèiligeadh ri tagradh bho phàrant airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith mar thagraidh gus measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FtG a dhith aig ìre tràth-ionnsachaidh agus a thaobh cùram-chloinne. Nan deigheadh na riaghailtean sin a chur an gnìomh, chuidicheadh e le bhith dèanamh cinnteach gum biodh FtG aig ìre tràth-ionnsachaidh agus seirbheisean cùram-chloinne na Gàidhlig agus FBG ag obair còmhla, gus am biodh leantailachd ann am foghlam bogaidh na cloinne.

**1.13** Ach, fiù 's gun a bhith leudachadh nan cumhachdan a th' aig Achd 2016, faodaidh ùghdarrasan foghlaim roghnachadh iad fhèin FtG a stèidheachadh aig ìre tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne agus thathar a' sùileachadh gun dèan iad an dicheall gus ìre de leantailachd a chur air dòigh a thaobh FtG, a rèir a' Phlana Ghàidhlig aca fhèin agus a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba air a ràdh gun tèid beachdachadh air leudachadh a dhèanamh air Achd 2016 san àm ri teachd, nuair a bhios e iomchaidh a thaobh an ionmhais is nan goireasan a bhiodh a dhith.<sup>2</sup>

### **Sgìrean Measaidh FBG**

(Earrainn 8 de dh'Achd 2016)

**Feumaidh ùghdarrasan foghlaim sgìre a chomharrachadh mar sgìre mheasaidh FBG. Seo an sgìre far an tèid tagradh bho phàrant a mheasadh.**

**1.14** Nuair a gheibh ùghdarras foghlaim tagradh bho phàrant fo Achd 2016, feumaidh iad an sgìre a chomharrachadh far a bheil iad a' dol a dhèanamh measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith. Canar "sgìre mheasaidh FBG" ris an sgìre seo.

**1.15** Bu chòir do sgìre mheasaidh FBG a bhith na sgìre far a bheil an t-ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh e reusanta airson clann a tha a' fuireach san sgìre sin siubhal gu aonad/sgoil FBG sam bith a thèid a stèidheachadh às dèidh measadh fo Achd 2016. Bidh a' chùis eadar-dhealaichte a rèir nan diofar shuidheachaidhean ionadail agus bu chòir do na h-ùghdarrasan foghlaim ealla a ghabhail ri sin. Mura h-eil FBG ri fhaotainn mu thràth, bhiodh e feumail nam beachdaicheadh an t-ùghdarras foghlaim aig an ìre seo air càit an gabhadh aonad no sgoil FBG a stèidheachadh.

**1.16** Fo Achd 2016 bu chòir do dh'ùghdarras foghlaim, nuair a tha iad a' comharrachadh sgìre mheasaidh FBG, feuchainn ri frithealadh, cho fad 's a tha e reusanta, air an iarrtas a th' ann airson FBG bho na daoine a tha air an ainmeachadh san tagradh agus iarrtas sam bith eile airson FBG air a bheil fios aig an ùghdarras fhoghlaim bho phàrantan le clann a tha fo aois sgoile, nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast agus a tha a' fuireach ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim sin.

**1.17** Cuideachd, feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do chùisean eile a bheir buaidh, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt, air mar a thèid frithealadh gu reusanta air an iarrtas san sgìre mheasaidh. Dh'fhaodadh iad sin a bhith gabhail a-steach:

- far a bheil clann a tha air ainmeachadh san tagradh a' fuireach,
- far a bheil clann eile, a tha ag iarraidh àite ann am FBG agus mu bheil fios aig an ùghdarras fhoghlaim, a' fuireach, no
- cho furasta 's a tha no a bhios e do chloinn aonadan/sgoiltean FBG a th' ann mu thràth, no a dh'fhaodadh a bhith ann, a ruighinn no cothrom fhaighinn air FBG sna h-aonadan/sgoiltean sin.

**1.18** Thathar a' moladh gum beachdaich ùghdarrasan foghlaim air a bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan foghlaim a tha rin taobh nuair a tha iad a' comharrachadh sgìrean measaidh FBG. Ged nach eil seo riatanach fo Achd 2016, cuidichidh seo le planadh agus goireasan airson nan cothroman a th' ann air FBG, agus airson nan cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd.

**1.19** Ach, chan eilear a' moladh gun stèidhich ùghdarrasan foghlaim sgìrean measaidh FBG suidhichte mus fhaigh iad tagradh. Tha an dleastanas fo Achd 2016 a' toirt air

ùghdarrasan foghlaim na sgìrean a chomharrachadh le bhith gabhail ealla ris an fhianais a tha san tagradh gu bheil daoine ag iarraidh FBG agus ri iarrtas sam bith bho dhaoine eile air a bheil fios aca nuair a gheibh iad an tagradh.

**1.20** Gabhaidh sgìre an ùghdarras fhoghlaim air fad a chomharrachadh mar sgìre mheasaidh FBG. Bhiodh sin a rèir meud sgìre an ùghdarras fhoghlaim agus mar a ghabhadh frithealadh, gu reusanta, air an iarrtas a tha san sgìre air fad, agus a rèir dè cho furasta 's a bhiodh e do chloinn na sgoiltean no aonadan FBG a bh' ann mu thràth, no a dh'fhaodadh a bhith ann, a ruighinn no cothrom fhaighinn air FBG sna h-aonadan/sgoiltean FBG sin, agus a rèir far a bheil a' chlann a' fuireach mu bheil fianais gu bheil iad ag iarraidh àite ann am FBG.

**1.21** Ged a tha na slatan-tomhais seo a' ciallachadh gum faodadh gum biodh sgìre ùghdarras fhoghlaim nas lugha (a rèir farsaingeachd) a bhith air a comharrachadh mar aon sgìre mheasaidh FBG, cha bhiodh e cho coltach gun tachradh sin ann an ùghdarras foghlaim nas motha, seach gu bheil e mar uallach air ùghdarras aire a thoirt do cho furasta sa bhiodh e aonadan/sgoiltean FBG a th' ann mu thràth, no a dh'fhaodadh a bhith ann, a ruighinn no cothrom fhaighinn air FBG annta, agus aire a thoirt do far a bheil a' chlann a' fuireach mu bheil fianais gu bheil iad ag iarraidh àite ann am FBG.

**1.22** Ged a bhios sgìrean-sgoile stèidhichte aig ùghdarras foghlaim airson aonadan/sgoiltean FBG a th' ann mu thràth, faodaidh pàrantan fhathast tagradh a chur a-steach airson measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith fo Achd 2016. Dh'fhaodadh pàrant tagradh a chur a-steach agus dh'fheumadh an t-ùghdarras foghlaim sgìre mheasaidh FBG a

chomharrachadh a rèir fianais sam bith mu iarrtas airson FBG a tha san tagradh agus iarrtas sam bith eile a tha fios aca mu dheidhinn san sgìre aca.

**1.23** Mar a tha e air a mhìneachadh air duilleig 9 den Stiùireadh seo, ged a bhithhear a' gabhail ealla ris an aon seòrsa chùisean ann a bhith stèidheachadh an dà sheòrsa sgìre, chan eil sin a' ciallachadh gum bi sgìre mheasaidh FBG an aon rud ri sgìre-sgoile sam bith a th' ann mu thràth. Tha sgìrean-sgoile a' buntainn ri sgoiltean no aonadan a *th' ann mu thràth*, ach thèid sgìrean measaidh FBG a chomharrachadh nuair a thathar a' dèanamh measadh gus faicinn a bheil sgoil no aonad ùr a dhith. Tha sin a' ciallachadh gum bu chòir do sgìrean measaidh FBG a bhith air an comharrachadh gun a bhith gabhail ealla ris na sgìrean-sgoile a th' ann mu thràth, ach a-mhàin le bhith gabhail ealla ri fianais mun iarrtas airson FBG a gheibhear san tagradh agus iarrtas sam bith eile air a bheil fios a thaobh cloinne fo aois sgoile nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast.

**1.24** Nuair a tha ùghdarras foghlaim a' comharrachadh sgìre mheasaidh FBG, bu chòir dhaibh cuideachd aire a thoirt do:

- na th' ann de thoglaichean a tha rim faotainn san sgìre aca agus cho freagarrach 's a tha iad far a bheil FBG ga thabhann mu thràth no far an gabhadh FBG a stèidheachadh gu reusanta,
- aonadan/sgoiltean sam bith far a bheil FBG ga libhrigeadh mu thràth san sgìre aca,
- aonadan/sgoiltean sam bith far a bheil FBG ga libhrigeadh mu thràth ann an sgìrean ùghdarrasan foghlaim a tha rin taobh,
- dè cho comasach 's a bhiodh e do chloinn ann an sgìrean ùghdarrasan foghlaim a tha rin taobh cothrom fhaighinn air aonadan/sgoiltean FBG a th' ann mu thràth, no air

aonadan/sgoiltean a dh'fhaodadh a bhith air an stèidheachadh mar thoradh air an tagradh, agus

- dè cho comasach 's a bhiodh e do chloinn san sgìre mheasaidh FBG a thathar a' moladh cothrom fhaighinn air FBG ann an sgìre ùghdarras foghlaim eile a tha ri taobh an ùghdarras fhoghlaim.

**1.25** Chan eil seo a' ciallachadh, ma tha fios air duilgheadasan a thaobh na ghabhas aonadan no sgoiltean a th' ann mu thràth de sgoilearan, gum feumadh ùghdarras foghlaim sgìre mheasaidh FBG a stèidheachadh a bha a dh'aona-ghnothach eadar-dhealaichte bhon sgìre-sgoile a bh' ann mu thràth airson nan aonadan no sgoiltean sin. Ach, tha seo a' ciallachadh gum biodh buaidh aig na cùisean sin air a' cho-dhùnadh aig an ùghdarras fhoghlaim, a bheil no nach eil iad a' dol a stèidheachadh aonad no sgoil FBG ùr san sgìre mheasaidh FBG.

**1.26** Ma tha ùghdarras foghlaim, às dèidh dhaibh measadh iomlan a dhèanamh, ag iarraidh aonad no sgoil FBG a stèidheachadh agus ma thèid sgoil ùr FBG a stèidheachadh, dh'fheumadh iad sgìre-sgoile a stèidheachadh an uair sin airson na sgoile, ach chan fheumadh iad cumail ris an aon sgìre ris an sgìre mheasaidh FBG. Dh'fheumadh an t-ùghdarras foghlaim co-chomhairleachadh a chumail air an sgìre a tha iad am beachd a stèidheachadh mar sgìre-sgoile, mar a tha riatanach fo Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010.

## Ciad Mheasaidhean agus Dleastanasan air Ùghdarrasan Foghlaim

(Earrainnean 9 & 10 de dh'Achd 2016)

**Nuair a gheibh ùghdarras foghlaim tagradh bho phàrant airson FBG, feumaidh iad measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith. Às dèidh a' chiad mheasaidh, feumaidh an t-ùghdarras foghlaim co-dhùnadh a dhèanamh gum faodadh gu bheil FBG a dhith anns an sgìre mheasaidh FBG no nach eil. 'S e an t-slat-tomhais airson a' cho-dhùnaidh seo gu bheil iarrtas ann airson FBG airson co-dhiù còignear chloinne a tha air an aon bhliadhna ro-sgoile.**

**1.27** Nuair a gheibh ùghdarras foghlaim tagradh bho phàrant airson FBG, bu chòir don ùghdarras fhoghlaim ciad mheasadh a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG a chaidh a chomharrachadh agus a thaobh na bliadhna air a bheil am pàiste a chaidh ainmeachadh san tagradh.

**1.28** Anns a' chiad mheasadh seo, feumaidh an t-ùghdarras foghlaim aire a thoirt do dh'fhiosrachadh sam bith a th' aca mu dheidhinn an iarrtais a th' ann san sgìre airson FBG a bheil buaidh air an tagradh. Tha seo a' ciallachadh fiosrachadh sam bith a th' aca, bhon tagradh no bho àiteigin eile, air an iarrtas a th' ann airson FBG bho phàrantan le clann fo aois sgoile, nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast. Faodaidh am fiosrachadh seo a bhith gabhail a-steach clann a tha air an aon bhliadhna ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh, no clann a tha air bliadhna eile ach a tha fhathast fo aois sgoile.

**1.29** Seach gum faod ùghdarrasan ionadail FBG a stèidheachadh aig àm sam bith, 's dòcha gum bi iad cuideachd ag iarraidh, sa mheasadh aca,

ealla a ghabhail ri iarrtas sam bith air a bheil fios aca a thaobh cloinne a tha fuireach ann an sgìrean ùghdarrasan foghlaim a tha rin taobh. Ach, chan fheumar aire a thoirt don fhiosrachadh seo mar phàirt den phròiseas reachdail fo Achd 2016, agus cha toir e buaidh air an t-slat-tomhais a thaobh na h-ìre-iarrtais a dh'fheumar a choileanadh.

**1.30** 'S e an t-slat-tomhais a dh'fheumar a choileanadh airson measadh iomlan a dhèanamh fo Achd 2016: gu bheil an t-ùghdarras foghlaim riarachd gu bheil iarrtas ann airson FBG san sgìre mheasaidh FBG bho phàrantan a tha ag iarraidh co-dhiù còignear chloinne, a tha a' fuireach san sgìre mheasaidh FBG, a chur gu FBG agus feumaidh a' chlann uile a bhith air an aon bhliadhna ro-sgoile; bu chòir am pàiste a chaidh ainmeachadh san tagradh a bhith air a c(h) unntadh san àireimh seo.

**1.31** Ge-tà, tha fiosrachadh eile ann nach eil a' cur ris an àireimh chloinne airson na slait-tomhais sin ach a tha fhathast buntainneach: fiosrachadh dom feum ùghdarras foghlaim aire a thoirt aig ìre a' chiad mheasaidh (fiosrachadh mu iarrtas a thaobh cloinne air bliadhnaichean eadar-dhealaichte bhon phàiste a chaidh ainmeachadh); agus fiosrachadh eile dom faod ùghdarras foghlaim aire a thoirt aig àm sam bith nuair a tha iad a' beachdachadh air FBG a stèidheachadh a rèir an toil fhèin (mar fhiosrachadh mu rudan mar an t-iarrtas airson FBG ann an ùghdarrasan foghlaim eile rin taobh no ann am pàrtean eile de sgìre an ùghdarras fhoghlaim fhèin, ann an ceàrnaidhean nach eil san sgìre mheasaidh airson FBG).

**1.32** 'S e an t-adhbhar gu bheil e buntainneach: gu bheil cothrom aig ùghdarrasan foghlaim, às dèidh a' chiad mheasaidh, diofar cheumannan a



ghabhail. Nam measg tha, FBG a stèidheachadh no measadh iomlan a dhèanamh, fiù 's nuair nach coileanar an t-slat-tomhais far am feum còignear chloinne a bhith ann air an aon bhliadhna (faicibh paragrafan 1.38-39). Dh'fhaodadh gum bi ùghdarras foghlaim ag iarraidh na ceumannan seo a ghabhail às dèidh dhaibh coimhead air an iarrtas a th' ann airson FBG san fharsaingeachd a thaobh cloinne bho dhiofar bhliadhnaichean agus air fiosrachadh sam bith eile a th' aca.

**1.33** 'S e am fiosrachadh air am feum ùghdarrasan foghlaim beachdachadh aig ìre a' chiad mheasaidh, am fiosrachadh mun iarrtas a th' ann, agus feumaidh iad an uair sin am fiosrachadh sin a thoirt seachad do na daoine ainmichte ann an Earrainn 12(3) de dh'Achd 2016 airson gum faod iadsan beachdachadh air nuair a thèid iarraidh orra mar phàirt den mheasadh iomlan. Ge-tà, ma tha ùghdarras foghlaim air beachdachadh air fiosrachadh nas fharsainge, bhiodh e na dheagh chleachdadh am fiosrachadh sin cuideachd a thoirt seachad do na daoine ainmichte ann an Earrainn 12(3). Oir, feumaidh ùghdarras foghlaim, fo Earrainn 12(6)(c), beachdachadh a-rithist air an fhiosrachadh uile mu iarrtas ris an do ghabh iad ealla aig ìre a' chiad mheasaidh.

**1.34** Às dèidh a' chiad mheasaidh, feumaidh ùghdarras foghlaim breith a thoirt seachad gum faodadh gu bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG no nach eil. Tha mineachadh ann an Achd 2016 a thaobh dè thathar a' ciallachadh nuair a dh'fhaodadh FBG a bhith a dhith: sin nuair a tha iarrtas ann airson FBG airson co-dhiù còignear chloinne a tha air an aon bhliadhna ro-sgoile agus an còignear sin a' gabhail a-steach a' phàiste a chaidh ainmeachadh san tagradh.

**1.35** Fo Earrainn 9(7) de dh'Achd 2016, faodaidh Ministearan na h-Alba tro riaghailtean an àireamh chloinne a tha dhith, gus dearbhadh gum faodadh gu bheil FBG a dhith, atharrachadh. Leis a' chumhachd seo, faodaidh Ministearan an àireamh atharrachadh airson Alba air fad no dìreach airson cuid a dh'ùghdarrasan foghlaim. Ma chleachdas Ministearan na h-Alba an cumhachd ann an Earrainn 9(7)(a), thèid an àireamh atharrachadh agus buinidh an t-slat-tomhais ùr ris a h-uile ùghdarras foghlaim.

**1.36** Ma chleachdas Ministearan na h-Alba an cumhachd ann an Earrainn 9(7)(b), tha sin a' ciallachadh gum faod iad slat-tomhais eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson aon no barrachd ùghdarrasan foghlaim fa leth, no gum faod iad diofar shlatan-tomhais a stèidheachadh airson diofar ùghdarrasan foghlaim. Cuideachd, faodaidh Ministearan na h-Alba na cumhachdan seo a chleachdadh còmhla, le bhith ag atharrachadh na h-àireimh coitchinn agus le bhith stèidheachadh diofar àireamhan airson cuid a dh'ùghdarrasan foghlaim.<sup>3</sup>

**1.37** Ma chleachdas Ministearan na h-Alba fear seach fear de na cumhachdan sin, feumaidh na riaghailtean a bhith air an aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba agus, ged nach e cumha reachdail a th' ann, thathar an dùil gun tèid co-chomhairleachadh a chumail a' sireadh bheachdan na feadhna air an toir na h-atharraichean buaidh.

**1.38** Ma bheir ùghdarras foghlaim breith seachad **gum faodadh gu bheil FBG a dhith** san sgìre mheasaidh FBG, tha dà roghainn aca, feumaidh iad:

- measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG, mar a tha air a mhineachadh gu h-ìosal, no

- roghnachadh, gun mheasadh iomlan a dhèanamh, na ceumannan a ghabhail a tha dhith gus FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG a bhiodh, am beachd an ùghdarrais, freagarrach.

**1.39** Ma bheir ùghdarras foghlaim breith seachad **nach eil FBG a dhith a rèir choltais** san sgìre mheasaidh FBG, tha trì roghainnean aca, feumaidh iad:

- a chur romhpa gun dad eile a dhèanamh gus FBG a stèidheachadh a thaobh an tagraidh a fhuaras bho phàrant, no
- roghnachadh, mar a dh'fhaodas iad, measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG, no
- roghnachadh, gun mheasadh iomlan a dhèanamh, na ceumannan a ghabhail a tha dhith gus FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG a bhiodh, am beachd an ùghdarrais, freagarrach

**1.40** Ma roghnaicheas ùghdarras foghlaim, mar a tha saorsa aca a dhèanamh, FBG a stèidheachadh às dèidh a' chiad mheasaidh, feumaidh iad dèanamh cinnteach gum bi FBG air a stèidheachadh san sgìre mheasaidh ann an ùine, às dèidh dhaibh co-dhùnadh a dhèanamh, a tha reusanta a rèir an t-suidheachaidh air fad a th' ann. A thaobh sin, thathar a' moladh gum bu chòir don ùghdarras foghlaim gach ceum as urrainn dhaibh a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi am FBG a tha iad an dùil a stèidheachadh ri fhaotainn aig toiseach na h-ath bhliadhna sgoile.

**1.41** Nuair a nì ùghdarras foghlaim a' chiad mheasadh gus faicinn a bheil FBG a dhith, às bith dè an co-dhùnadh a nì iad, feumaidh iad fios a chur chun a' phàrant a chuir tagradh a-steach mun bhreith a thug iad seachad a

thaobh mar a dh'fhaodadh FBG a bhith a dhith agus mun cho-dhùnadh a rinn iad a thaobh dè bha iad a' dol a dhèanamh, agus fios mu na h-adhbharan airson na breith agus a' cho-dhùnaidh aca. Cuideachd, feumaidh iad fios a chur gu pàrantan le clann eile air an robh iomradh san tagradh mar fhianais air an iarrtas. Feumaidh iad cuideachd am fiosrachadh seo fhoillseachadh air an làrach-lìn aca.

**1.42** Feumaidh ùghdarras foghlaim na rudan seo a dhèanamh **taobh a-staigh sia seachdainean** bho gheibh iad tagradh. Tha seo a' ciallachadh gum faod pàrantan a bhith sùileachadh fios fhaighinn mu bhùil an tagraidh aca, às dèidh a' chiad mheasaidh, taobh a-staigh sia seachdainean bhon latha a gheibh an t-ùghdarras e. Seach gum feumar measadh iomlan a chrìochnachadh taobh a-staigh deich seachdainean bhon àm a nì an t-ùghdarras foghlaim co-dhùnadh measadh iomlan a dhèanamh (faic paragraf 1.54), 's e an ùine as fhaide a bheir aithisg fhoillseachadh mu mheasadh iomlan bhon latha a fhuaras tagradh bho phàrant sa chiad dol a-mach, sia seachdainean deug.

**1.43** Feumar cumail gu dlùth ris na clàran-ama seo agus **chan eil** iad a' buntainn ri teirmean na sgoile. Gheibhear am prìomh fhiosrachadh mun iarrtas a th' ann airson FBG san tagradh, agus bhiodh e na dheagh chleachdadh nan cumadh ùghdarrasan foghlaim clàr leantainneach den fhiosrachadh eile a thaobh an iarrtais a th' ann airson FBG agus a thaobh chùisean eile dom feum iad aire a thoirt sa mheasadh iomlan. Nì sin cinnteach gun urrainn dhaibh cumail ris na clàran-ama seo daonnan.

### **Tagraidhean air nach Fheumar Measadh a Dhèanamh**

(Earrainn 11 de dh'Achd 2016)

**Chan fheum ùghdarras foghlaim ciad mheasadh a dhèanamh air tagradh bho phàrant ma chaidh tagradh a chur thuca mu thràth san dà bhliadhna mu dheireadh a thaobh na h-aon sgìre measaidh FBG.**

**1.44** Chan fheum ùghdarras foghlaim ciad mheasadh a dhèanamh air tagradh bho phàrant ma chaidh tagradh a chur thuca mu thràth san dà bhliadhna mu dheireadh a thaobh na h-aon sgìre measaidh FBG. Chan eil e gu diofar dè a' bhuil a bh' ann leis a' chiad mheasadh a chaidh a dhèanamh roimhe, agus chan eil e gu diofar co-dhiù a gheibhear tagradh bhon aon phàrant, bho phàrant le pàiste air an aon bhliadhna, no bho phàrant le pàiste air bliadhna eadar-dhealaichte.

**1.45** Ge-tà, ma tha fianais ann gu bheil an suidheachadh air atharrachadh san dà bhliadhna sin, mar eisimpleir, tha barrachd chloinne ann le pàrantan a tha ag iarraidh FBG a stèidheachadh, bu chòir do phàrantan fios a chur chun an ùghdarras fhoghlaim mun sin. Dh'fhaodadh gun roghnaicheadh an t-ùghdarras foghlaim ciad mheasadh a dhèanamh, no, gu dearbh, FBG a stèidheachadh gun mheasadh sam bith.

**1.46** Faodaidh pàrantan cuideachd fios a chur gu Ministearan na h-Alba, oir tha an cumhachd aca fo Achd 2016, ann an suidheachaidhean a tha nam beachd-san freagarrach, iarraidh air ùghdarras foghlaim ciad mheasadh a dhèanamh.

### **Measaidhean Iomlan**

(Earrainnean 12 & 13 de dh'Achd 2016)

**Nuair a tha ùghdarras foghlaim a' dèanamh measadh iomlan, feumaidh iad aire a thoirt do liosta de chùisean òrdaichte, agus feumaidh iad co-dhùnadh a dhèanamh FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh.**

**1.47** Anns a' chuid as motha de shuidheachaidhean, bidh ùghdarras foghlaim a' dèanamh measadh iomlan air sàillibh gu bheil iad air breith a thoirt seachad gum faodadh gu bheil FBG a dhith san sgìre mheasaidh FBG. Ach faodaidh iad cuideachd measadh iomlan a dhèanamh nuair nach deach an t-slat-tomhais de cho-dhiù còignear chloinne a choileanadh agus nuair a tha iad air breith a thoirt seachad nach eil FBG a dhith a rèir choltais san sgìre mheasaidh FBG.

**1.48** Nuair a tha ùghdarras foghlaim air tagradh fhaighinn bho phàrant agus gu bheil iad air co-dhùnadh a dhèanamh measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith ann an sgìre mheasaidh FBG, feumaidh iad fios a chur gu Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba leis a' bhreith a thug iad seachad air mar a dh'fhaodadh gu bheil FBG a dhith no nach eil e a dhith a rèir choltais san sgìre mheasaidh FBG.

**1.49** Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim fiosrachadh a thoirt do na buidhnean gu h-àrd mun tagradh bhon phàrant agus fiosrachadh sam bith ris am feumadh an t-ùghdarras foghlaim ealla a ghabhail sa chiad mheasadh a thaobh an iarrtais a bh' ann airson FBG san sgìre mheasaidh FBG. Feumaidh iad an uair sin beachdan nam buidhnean sin iarraidh air an fhiosrachadh agus air a' bhreith a thug an t-ùghdarras foghlaim seachad air mar a dh'fhaodadh FBG a bhith dhith.

**1.50** Feumaidh Foghlam Alba agus Bòrd na Gàidhlig na beachdan sin a thoirt seachad **taobh a-staigh ceithir seachdainean** bho chaidh iarraidh orra. Chan eil dleastanas air Comann nam Pàrant agus Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba beachdan a thoirt seachad, ach faodaidh iad seo a dhèanamh taobh a-staigh na h-aon ùine. Thèid iarraidh air na ceithir buidhnean seo beachdan a thoirt seachad agus measadh a dhèanamh air a' bhreith a thug an t-ùghdarras foghlaim seachad a thaobh mar a dh'fhaodadh gu bheil no nach eil FBG dhith san sgìre. Ann a bhith dèanamh sin, thathar an dùil gun tarraing iad air an eòlas spèisealta a th' aca aig ìre nàiseanta agus gum beachdaich iad air mar a dh'fhaodadh FBG a bhith a dhìth agus air mar a ghabhadh FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG agus iad a' gabhail ealla ris an t-suidheachadh a th' ann an Alba san fharsaingeachd a thaobh phàrantan, Gàidhlig agus foghlam.

**1.51** Feumaidh ùghdarras foghlaim aire a thoirt do liosta de chùisean òrdaichte nuair a tha iad a' dèanamh measadh iomlan, air am mineachadh ann am paragraf 1.52 gu h-ìosal; agus feumaidh iad an uair sin FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh.

**1.52** 'S iad na cùisean air am feum iad beachdachadh:

- **Beachdan bho luchd-comhairleachaidh reachdail:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do bheachdan sam bith a gheibh iad bho Fhoghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba, taobh a-staigh ceithir seachdainean bho chaidh iarraidh orra beachdan a thoirt seachad. Bidh na beachdan sin a' buntainn ris a' cho-dhùnadh a rinn an t-ùghdarras foghlaim a thaobh mar a dh'fhaodadh FBG a bhith a dhìth agus ris

an fhiosrachadh a fhuair an luchd-comhairleachaidh bhon ùghdarras.

- **Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt don Stiùireadh seo, agus tionndadh sam bith eile dheth a thig a-mach san àm ri teachd.
- **Fiosrachadh bhon chiad mheasadh:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt don fhiosrachadh a bh' aca nuair a rinneadh a' chiad mheasadh air an tagradh bhon phàrant, a' gabhail a-steach far an robh a' chlann a' fuireach san sgìre mheasaidh FBG a chaidh a chunntadh mar fhianais airson iarrtais sa chiad mheasadh.
- **Iarrtas air feadh sgìre an ùghdarras fhoghlaim:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do dh'fhiosrachadh sam bith a th' aca, ged a chaidh beachdachadh air mar phàirt den chiad mheasadh no nach deach, mun iarrtas a th' ann airson FBG air feadh sgìre an ùghdarras fhoghlaim: bho phàrantan le clann a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast.
- **Aonadan no sgoiltean FBG a th' ann mu thràth:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do dh'aonadan no sgoiltean FBG a th' ann mu thràth, san sgìre aca fhèin, no ann an sgìre ùghdarras fhoghlaim a tha rin taobh.
- **Cothrom aig clann bho ùghdarrasan foghlaim eile air FBG:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt don ìre 's gum biodh e comasach do chloinn bho ùghdarrasan foghlaim eile a tha rin taobh cothrom fhaighinn air FBG san sgìre mheasaidh FBG.
- **Cothrom air FBG ann an ùghdarrasan foghlaim eile a tha ri taobh an ùghdarras fhoghlaim:** Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim aire a thoirt do cho comasach 's a bhiodh e do chloinn a tha fuireach san sgìre mheasaidh FBG cothrom fhaighinn air FBG

ann an ùghdarras foghlaim eile a tha rin taobh.

- **Togalaichean:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do na th' ann de thoglaichean a tha rim faotainn, agus cho freagarrach 's a tha iad, ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim far a bheil FBG ga thabhann mu thràth no far an gabhadh FBG a stèidheachadh gu reusanta.
- **Cosgaisean:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do na thathar a' tuairmse a chosgadh e FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG. Dh'fhaodadh gum faighear maoin eachadh bho sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig no bhon Mhaoin Chalpa airson Sgoiltean Gàidhlig mu choinneamh nan cosgaisean seo. (Faicibh paragrafan 2.68-72)
- **Luchd-teagaisg:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do cho comasach a bhios e dhaibh tidsearan a ghluasad no a thrusadh gus FBG a theagasg san sgìre mheasaidh FBG. (Faicibh paragrafan 2.57-67)
- **Plana Gàidhlig:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do Phlana Gàidhlig sam bith a tha iad air fhoillseachadh, agus a tha ga chur an gnìomh aig an àm, nuair a tha iad a' dèanamh co-dhùnadh a thaobh a bhith stèidheachadh FBG às dèidh dhaibh measadh iomlan a dhèanamh.
- **Gàidhlig san sgìre:** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do na cothroman a th' ann gus cleachdadh na Gàidhlig agus tachartasan/obair co-cheangailte ri Gàidhlig a leasachadh no a leudachadh ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim.

**1.53** Faodaidh Ministearan na h-Alba, tro riaghailtean, an liosta de bhuidhnean bhom bithear a' sireadh bheachdan, no an liosta de chùisean òrdaichte, atharrachadh. Bheir na cumhachdan seo sùbailteachd dhaibh gus dèiligeadh ri suidheachaidhean nuair a thèid

buidhnean ùra a stèidheachadh agus nuair a thèid ainm no inbhe nam buidhnean a th' ann an-dràsta atharrachadh, no suidheachaidhean nuair a dh'èireas duilgheadasan ris nach robh dùil ann an cur-an-gnìomh nan cumhachan.<sup>4</sup>

**1.54** Feumaidh ùghdarras foghlaim, **taobh a-staigh 10 seachdainean** bho cho-dhùin iad measadh iomlan a dhèanamh, aithisg fhoillseachadh air an làrach-lìn aca le fios air a' cho-dhùnadh aca a thaobh a bhith stèidheachadh no gun a bhith stèidheachadh FBG san sgìre mheasaidh FBG. Bu chòir dhaibh cuideachd an aithisg seo a chur chun a' phàrant a chuir tagradh thuca, agus gu pàrantan le clann eile air an robh iomradh san tagradh mar fhianais air an iarrtas. Tha seo a' ciallachadh gum faod pàrantan a bhith sùileachadh gum faigh iad fios mu bhuil an tagraidh aca, nuair a tha measadh iomlan air a bhith ann, taobh a-staigh sia seachdainean deug bhon latha a fhuair an t-ùghdarras e.

**1.55** Mar a tha e air a mhineachadh ann am paragraf 1.43, feumar cumail gu dlùth ris na clàran-ama seo agus chan eil iad a' buntainn ri teirmean na sgoile. Gheibhear am prìomh fhiosrachadh mun iarrtas a th' ann airson FBG san tagradh, agus bhiodh e na dheagh chleachdadh nan cumadh ùghdarrasan foghlaim clàr leantainneach den fhiosrachadh eile a thaobh an iarrtais a th' ann airson FBG agus a thaobh chùisean eile dom feum iad aire a thoirt sa mheasadh iomlan. Nì sin cinnteach gun urrainn dhaibh cumail ris na clàran-ama seo daonnan.

**1.56** Feumaidh an aithisg seo cuideachd na h-adhbharan airson co-dhùnadh an ùghdarras fhoghlaim a mhineachadh, le iomradh air gach cùis òrdaichte a chithear an Earrainn 12(6) de dh'Àchd 2016 (geàrr-iomradh orra gu h-àrd, teacsa iomlan ann an Eàrr-ràdh C). Cuideachd, feumar iomradh a thoirt air an dleastanas a th'

air an ùghdarras fhoghlaim gus FBG a stèidheachadh mura biodh e mi-reusanta sin a dhèanamh, mar a th' air a mhineachadh ann am paragraf 1.58.

**1.57** Tha seo a' ciallachadh nach fhaod ùghdarras foghlaim co-dhùnadh a dhèanamh, no mineachadh, nach eil iad a' dol a stèidheachadh FBG le bhith toirt iomradh air dìreach aon adhbhar, mar thogalaichean, cosgaisean no an àireamh luchd-teagaisg a th' ann. Às bith dè an co-dhùnadh a ni an t-ùghdarras foghlaim, feumaidh iad mineachadh mionaideach a thoirt seachad, stèidhichte air deagh reusanachadh, air mar a ràinig iad an co-dhùnadh sin. Feumaidh iad

iomradh a thoirt air gach cùis òrdaichte agus feumaidh iad mineachadh ciamar a choilean iad an dleastanas gus 'FBG a stèidheachadh mura biodh e mi-reusanta sin a dhèanamh'.

**1.58** Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim **FBG a stèidheachadh** san sgìre mheasaidh FBG **mura biodh e**, às dèidh dhaibh aire a thoirt don liosta de chùisean òrdaichte, mi-reusanta sin a dhèanamh. Tha seo a' stèidheachadh làn-chòir air FBG nuair a tha fianais ann gu bheil iarrtas reusanta ann agus nach eil cnapan-starra mòra ann a chuireadh stad air. Tha seo a' ciallachadh gum feum ùghdarras foghlaim fianais làidir a thoirt seachad mar thaic do cho-dhùnadh gun FBG a stèidheachadh (gu h-àraidh leis mar a tha e an urra ris an ùghdarras fhoghlaim fhèin co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh dè seòrsa agus dè an ìre de FBG a thèid a thoirt seachad).

**1.59** Mar sin, thathar a' moladh gum bu chòir do gach ùghdarras foghlaim modhan-obrach mionaideach agus ciallach a chur an sàs nuair a tha iad a' sealltainn toradh a' mheasaidh iomlain. A bharrachd air a bhith sealltainn gu bheil an t-ùghdarras foghlaim air na dleastanasan aca fo Achd 2016 a choileanadh, bheir seo cuideachd fiosrachadh follaiseach is soilleir do phàrantan aig deireadh a' phròiseis mheasaidh.

**1.60** Nuair a tha an t-ùghdarras foghlaim air co-dhùnadh a dhèanamh gu bheil iad a' dol a stèidheachadh FBG san sgìre mheasaidh FBG, feumaidh iad na ceumannan a ghabhail a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh, mar a tha iad ga mheas iomchaidh. Feumaidh iad sin a dhèanamh ann an ùine a tha reusanta a rèir an t-suidheachaidh a th' ann air fad. A thaobh sin, thathar a' moladh gum bu chòir don ùghdarras fhoghlaim gach ceum as urrainn dhaibh a ghabhail gus dèanamh cinnteach



gum bi am FBG a tha iad an dùil a stèidheachadh ri fhaotainn aig toiseach na h-ath-bhliadhna sgoile.

- 1.61** Cuimhnichibh, chan eil tagradh airson measadh a' toirt còir don chloinn a tha ainmichte san tagradh air àite san aonad/sgoil FBG a thèid a stèidheachadh mar thoradh air tagradh; feumar fhathast pàiste sam bith a tha ainmichte san tagradh a chlàradh airson àite ann an aonad no sgoil ùr le FBG a thèid a chur air bhonn a rèir modhan-clàraidh an ùghdarrais fhoghlaim.

### **Ath-thagraidhean**

(chan eil cumha air an son ann an Achd 2016)

**Chan eil pròiseas airson ath-thagraidhean ann an Achd 2016. Ma tha pàrant a' faireachdainn nach deach am pròiseas measaidh a leantainn mar bu chòir, faodaidh iad ath-thagradh a dhèanamh tron phròiseas ath-thagraidh aig na h-ùghdarrasan foghlaim fhèin, faodaidh iad gearan a thogail fo Earrainn 70 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 no ath-sgrùdadh laghail iarraidh sa chùirt.**

- 1.62** Le Achd 2016 thathar ag amas air pròiseas measaidh a tha iomlan, mionaideach, follaiseach agus soilleir, agus fon phròiseas feumar adhbharan a thoirt seachad aig gach ìre, agus aig ìre a' mheasaidh iomlain; agus feumar adhbharan a thoirt seachad mu choinneamh liosta de chùisean sònraichte. Feumar fios mu cho-dhùnidhean agus mu na h-adhbharan airson nan co-dhùnidhean sin a chur gu pàrantan a chuir tagradh a-steach agus gu pàrantan le clann air an robh iomradh a thaobh iarrtais sa chiad mheasadh. Feumar am fiosrachadh sin fhoillseachadh air-loidhne cuideachd. Leis a' phròiseas seo, feumaidh ùghdarrasan foghlaim na co-dhùnidhean aca

a mhineachadh ann an dòigh a bhios a' ciallachadh gum bi e comasach do phàrantan an tuigsinn, agus ceist a chur sna co-dhùnidhean sin ma tha iad den bheachd nach eil an t-ùghdarras air an dleastanas reachdail aca a choileanadh no ma tha iad den bheachd gu bheil an t-ùghdarras air a bhith mì-reusanta anns na rinn iad.

- 1.63** Chan eil pròiseas airson ath-thagraidhean ann an Achd 2016 fhèin. Tha ùghdarrasan foghlaim gu math eòlach air a bhith dèanamh cho-dhùnidhean mu fhoghlam sgoile agus mu bhith comharrachadh ghoireasan gus frithealadh air feuman dhaoine, agus tha pròiseas aca uile airson ath-thagraidhean a bu chòir do phàrant a chleachdadh sa chiad dol a-mach ma tha iad den bheachd nach eil ùghdarras air modhan-obrach a leantainn mar bu chòir.
- 1.64** Ma tha pàrant fhathast mì-riaraichte agus den bheachd nach do choilean an t-ùghdarras foghlaim na dleastanasan aca fo Achd 2016, faodaidh iad gearan a thogail fo Earrainn 70 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.
- 1.65** Mu dheireadh, ma tha pàrant den bheachd gu bheil fianais ann gu bheil ùghdarras foghlaim air a bhith mì-reusanta anns na rinn iad, faodaidh iad comhairle laghail a shireadh gus cùis-lagha a thogail agus ath-sgrùdadh laghail a dhèanamh air co-dhùnadh an ùghdarrais fhoghlaim sa chùirt.

**An Dleastanas Taic a thoirt do dh'Fhoghlam is Ionnsachadh tron Ghàidhlig agus an Cur air Adhart**  
(Earrainn 15 de dh'Achd 2016)

**Feumaidh ùghdarras foghlaim FtG agus FLI a chur air adhart, a thaobh aonadan is sgoiltean a dh'fhaodadh a bhith air an stèidheachadh, agus taic a thoirt do sgoilearan agus luchd-teagaisg a tha sna seòrsaichean foghlaim Gàidhlig sin mu thràth.**

**1.66** Co-dhiù a tha no nach eil FtG agus FLI rim faighinn ann an sgìre ùghdarras foghlaim, feumaidh an t-ùghdarras foghlaim sanasachd a dhèanamh, ann an dòigh a tha iad ga mheas iomchaidh, air mar a dh'fhaodadh FtG a bhith air a stèidheachadh, a' chòir a th' aig pàrantan gus tagradh a dhèanamh airson FBG, agus air mar a dh'fhaodadh FLI a bhith air a stèidheachadh.

**1.67** Nuair a tha ùghdarras foghlaim a' toirt seachad FtG no FLI mu thràth, no ma stèidhicheas iad na seòrsaichean foghlaim sin às dèidh measadh no aig àm eile (a' gabhail a-steach ìre tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne), feumaidh iad taic a thoirt don fhoghlam sin agus a chur air adhart chun na h-ìre as urrainn dhaibh gu pragtaigeach. A thaobh aonadan no sgoiltean a tha stèidhichte mu thràth, tha an dleastanas gus am foghlam sin a chur air adhart a' gabhail a-steach dleastanas gus ceumannan reusanta a ghabhail gus sanasachd a dhèanamh air na sruthan FtG agus/no FLI san sgìre, ann an dòigh a tha t-ùghdarras foghlaim ga mheas iomchaidh.

**1.68** Bidh e an urra ris an ùghdarras foghlaim fhèin roghnachadh dè na dòighean san cuir iad na seòrsaichean foghlaim seo air adhart, ach thathar a' moladh gum bu chòir dhaibh beachdachadh air sanasachd a dhèanamh air-loidhne air làrach-lìn an ùghdarras foghlaim no tro na meadhanan sòisealta,

sanasan ann am pàipearan-naidheachd ionadail, conaltradh a dhèanamh ri pàrantan aig a bheil clann fo aois sgoile agus ri buidhnean sam bith a tha a' riochdachadh phàrantan.

**1.69** Tha an dleastanas a thaobh taice a' ciallachadh gum feum ùghdarras foghlaim ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan, trèanadh agus na cothroman a tha dhith gu reusanta air luchd-teagaisg FtG no FLI aca, feuch gun urrainn dhaibh an seòrsa foghlaim aca a libhrigeadh ann an dòigh a tha freagarrach agus èifeachdach. Thathar a' moladh mar phàirt den taic sin gum faigh luchd-teagaisg FtG taic iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fileanta gu leòr ann an Gàidhlig gus an urrainn dhaibh bogadh a thoirt don chloinn sa chànan. Cuideachd fon dleastanas seo, feumaidh na goireasan a bhith aig sgoilearan san t-seòrsa chlasaichean sin a tha dhith orra gu reusanta, feuch gun urrainn dhaibh an cuid foghlaim fhaighinn ann an dòigh a tha freagarrach agus èifeachdach agus gum faigh iad na buannachdan iomchaidh às.

**1.70** Cuideachd, le bhith a' coileanadh an dleastanas aca a thaobh taice, bu chòir do dh'ùghdarras foghlaim aire a thoirt don Stiùireadh seo. Nuair a tha iad a' coileanadh an dleastanas aca a thaobh taice, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim agus buidhnean eile a bhith ag amas air an aon ìre de dh'fhoghlam a thoirt seachad do dhaoine a tha a' teagasg agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig agus a tha iad a' toirt don fheadhainn a tha a' teagasg agus ag ionnsachadh tron Bheurla.

**1.71** Ma dh'ullaicheas ùghdarras foghlaim Plana Gàidhlig fo chumhachan Achd 2005, bu chòir dhaibh iomradh a thoirt air na dòighean sa bheil iad a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus ga chur air adhart.



## PÀIRT 2 – FOGHLAM GÀIDHLIG

**Tha stiùireadh reachdail sa phàirt seo airson ùghdarrasan foghlaim, phàrantan agus duine sam bith eile le ùidh ann am foghlam Gàidhlig, agus tha e a' tarraing còmhla rannsachadh, eòlas agus sàr dhòighean-obrach co-cheangailte ri bhith libhrigeadh nan diofar phàirtean de dh'fhoghlam Gàidhlig.**

### **A' Glusad Eadar Ìrean ann am Foghlam tron Ghàidhlig**

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim planadh airson leantailachd agus sgoilearan a bhith glusad gu cunbhalach tro ìrean FtG. Bu chòir pàrantan agus daoine òga a bhith air am brosnachadh gus cumail orra le FtG tro na diofar ìrean sgoile.**

- 2.1** Bu chòir do FtG a bhith ag amas air ionnsachadh adhartach 0-18 a thoirt do dhaoine òga. Mar sin, tha e riatanach gum bi ùghdarrasan foghlaim a' planadh airson leantailachd ann an ionnsachadh FtG, gu sònraichte aig amannan gluasaid mar eadar tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TCC) agus P1, eadar P7 agus ÀS1 agus eadar ÀS3 agus Àrd Ìrean san àrd-sgoil.
- 2.2** Airson clann a tha a' dol a-steach gu FtG, thathar a' coimhead air TCC na Gàidhlig mar a' chiad cheum air slighe às am faigh iad buannachdan. Ann an àiteachan far nach eil TCC na Gàidhlig ann fhathast, tha P1 cuideachd freagarrach mar àm gus tòiseachadh ann am FtG. Ann an suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach dh'fhaodte gun tèid beachdachadh air leigeil le clann tòiseachadh aig ìre eile, agus nuair a thathar a' beachdachadh air sin bu chòir aire a thoirt do chùisean pearsanta is ionadail leithid dè cho fileanta 's a tha am pàiste.

- 2.3** Tha leantailachd eadar ìrean FtG cudromach nuair a thig e gu bhith toirt barrachd misneachd do phàrantan a thaobh FtG, agus ann a bhith brosnachadh dhaoine eile gus a dhol ann. Le leantailachd, thathar a' cur Gàidhlig aig cridhe a' churraicealaim, a' toirt seachad foghlam cunbhalach bho 0-18 agus a' cuideachadh dhaoine òga gus cinn-uidhe shoirbheachail a ruighinn às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.

- 2.4** Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air mar thèid foghlam Gàidhlig a thoirt seachad thairis air gach raon den churraicealam sa Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig aig Foghlam Alba, air a foillseachadh sa Ghearran 2015.<sup>5</sup>

### **Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne na Gàidhlig**

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air foghlam is seirbheisean Gàidhlig a stèidheachadh airson clann fo aois sgoile agus taic a thoirt dhaibh.**

- 2.5** 'S e ìre chudromach a th' ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (TCC) na Gàidhlig ann am foghlam tron Ghàidhlig (FtG). Tha e cudromach seach gu bheil clann air am brosnachadh gu bhith ag ionnsachadh a' chànain aig aois òg, agus tha e a' cur clann òga air slighe gu ruige fileantachd sa Ghàidhlig.

- 2.6** Tha dleastanas air ùghdarrasan foghlaim an ire òrdaichte de TCC a thoirt seachad gach bliadhna do chloinn aois 3-5 agus do chuid aca aois 2<sup>6</sup> agus tha Riaghaltas na h-Alba air innse gu bheil iad am beachd leudachadh air seo<sup>7</sup>. Chan eil, san fharsaingeachd, dleastanas air ùghdarrasan foghlaim TCC a thoirt seachad do chloinn aois 0-3; an àite sin, faodaidh ùghdarrasan foghlaim roghnachadh iad fhèin TCC a thoirt seachad do chloinn aig an aois sin, agus faodaidh iad sin a thoirt seachad iad fhèin, no faodaidh iad aontaidhean a chur air dòigh le luchd-solair priobhaideach.
- 2.7** Tha TCC na Gàidhlig ri fhaighinn sna sgìrean aig cuid de dh'ùghdarrasan foghlaim airson clann aois 0-3 agus 3-5. Chan eil dleastanas air ùghdarrasan foghlaim TCC a thoirt seachad sa Ghàidhlig, ach faodaidh iad sin a dhèanamh, agus tha an Stiùireadh seo a' moladh gum bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air TCC na Gàidhlig a stèidheachadh mar cheum gu ruige foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBG). Ma tha ùghdarras foghlaim a' libhrigeadh FBG, bu chòir dha a bhith beachdachadh gu gnìomhach air cothroman gus diofar sheòrsaichean de TCC na Gàidhlig a stèidheachadh.
- 2.8** Tha e air a mheas riatanach gum bi luchd-obrach TCC a tha fileanta sa Ghàidhlig a' stiùireadh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne sa Ghàidhlig, agus gum bi teisteanasan cùraim-chloinne freagarrach aca agus gun urrainn dhaibh bogadh a thoirt don chloinn sa Ghàidhlig. Tha seo a' stèidheachadh cunbhalachd agus leantailachd bho aois 0-5 agus a' toirt an uallaich air falbh bho chomataidhean nam pàrant.
- 2.9** Tha TCC na Gàidhlig cuideachd a' toirt cothrom do phàrantan pàirt a ghabhail ann a bhith leasachadh sgilean Gàidhlig an cuid

chloinne ann an suidheachadh neo-fhoirmeil, agus iad ag ionnsachadh tro chluich, òrain, cur-seachadan agus geamannan. Tha seo a' toirt bhuanachdan don chloinn agus do phàrantan, agus bidh cuid ann aig nach eil Gàidhlig san dachaigh. Tha e cuideachd a' toirt cothrom do phàrantan ionnsachadh mu FtG bhon eòlas a th' aig pàrantan eile le clann ann am FtG. Faodaidh pàiste sam bith a dhol gu TCC na Gàidhlig, chan fheum eòlas a bhith aca air Gàidhlig.

### Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig

**Ann am FBG cha bu chòir ach Gàidhlig a bhith air a cleachdadh airson ionnsachaidh, teagaisg agus mheasaidhean bho P1 gu P3. Bho P4, bu chòir a' Bheurla a bhith air a toirt a-steach beag air bheag, ach bidh a' Ghàidhlig fhathast na prìomh chànan san t-seòmair-teagaisg.**

- 2.10** 'S e prìomh amas FtG gum bi e comasach do chloinn agus daoine òga a bhith ag obair gu fileanta agus le misneachd ann an dà chànan, Gàidhlig agus Beurla, agus an dà chànan a chleachdadh ann an iomadh suidheachadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile. Tha diofar chomasan sa Ghàidhlig aig clann mus tòisich iad san sgoil agus tha buaidh mhòr na Beurla ann, mar sin tha feum aca air bogadh sa Ghàidhlig aig ìre thràth. Tha ceangal làidir ann eadar bogadh sa Ghàidhlig bho P1-P3 agus mar a shoirbhicheas le clann aig ìrean às dèidh sin.
- 2.11** Gus dèanamh cinnteach gum bi bogadh èifeachdach ann am FBG, cha bu chòir cànan eile a chleachdadh ach a' Ghàidhlig bho P1-P3. Tha sin a' ciallachadh gur i a' Ghàidhlig cànan an t-seòmair-teagaisg, ach faodar an riaghailt sin a bhristeadh ma dh'fheumte gus dèiligeadh ri daoine a tha troimh-a-chèile no fo iomagain

no eile no gus innse mu shlàinte is sàbhailteachd. Tha e an urra ris an luchd-teagaisg, nam beachd proifeiseanta fhèin, cuin a tha e freagarrach gun Gàidhlig a chleachdadh. Nuair a tha luchd-eòlais spèisealta a' tadhal air a' chlas, bu chòir oidhirp a dhèanamh gus luchd-eòlais spèisealta le Gàidhlig a lorg airson dèanamh cinnteach gun lean am bogadh sa chànan.

**2.12** Bho P4-P7, bu chòir toraidhean cànan agus litearachd na Beurla a thoirt a-steach tron Ghàidhlig. Gus dèanamh cinnteach gun ruig sgoilearan fileantachd sa Ghàidhlig agus gun cùm iad suas an ìre fileantais aca agus gun dèan iad adhartas leis a' chànan, bu chòir do sgoiltean a bhith ag amas air gach pàirt den churraicealam a bhith air a libhrigeadh tron Ghàidhlig.

**2.13** Nuair a tha clasaichean measgaichte ann le barrachd air aon bhliadhna-sgoile annta, thathar a' moladh nach bi anns a' chlas ach P1-P3, no ma tha P4 anns a' chlas mheasgaichte, bu chòir leantainn le teagasg tron Ghàidhlig a-mhàin gu P4. Mar riaghailt choitcheann, ma dh'fheumas clasaichean measgaichte a bhith air an stèidheachadh ann am FtG, bu chòir uiread as lugha ìrean as urrainnear a chur còmhla.

### Foghlam Àrd-sgoile tron Ghàidhlig

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim planadh airson leantalachd ann am FtG bhon bhun-sgoil gu ìre na h-àrd-sgoile.**

**2.14** Far a bheil FtG ri fhaotainn anns a' bhun-sgoil, tha e air a mheas riatanach gum faigh clann agus daoine òga cothrom an sgilean cànan a chumail suas nuair a thèid iad don àrd-sgoil. Mar as trice, bidh seo taobh a-staigh sgìre an

ùghdarras fhoghlaim a thug FBG dhaibh, ach ann an cuid de shuidheachaidhean bidh aonta ann eadar ùghdarrasan foghlaim a thaobh FtG san àrd-sgoil. Bu chòir ceanglaichean a bhrosnachadh eadar luchd-teagaisg ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean far a bheil FtG.

**2.15** Tha an curraicealam airson FtG bho ÀS1 gu ÀS3 agus aig na h-Àrd Ìrean san àrd-sgoil (ÀS4-ÀS6) fhathast stèidhichte air foghlam bogaidh sa Ghàidhlig. Tha e air a mheas riatanach gun comharraich ùghdarrasan foghlaim na pàirtean den churraicealam agus na cuspairean, a bharrachd air Gàidhlig, a ghabhas libhrigeadh tron Ghàidhlig, agus bidh sin a rèir an luchd-teagaisg a th' aca agus nan roghainnean a nì daoine òga.

**2.16** Bu chòir do sgoiltean a bhith ag amas air cuibhreann iomchaidh de churraicealam na h-àrd-sgoile a libhrigeadh tron Ghàidhlig gus an urrainn do dhaoine òga cumail orra a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca. Bu chòir do sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim a bhith a' planadh airson seo, agus sa phlanadh sin bu chòir dhaibh ealla a ghabhail ris na cuspairean dom faighear teisteanasan bhon SQA (faicibh paragrafan 2.18-19). Bidh cuid de dh'àrd-sgoiltean ann far a bheil FtG a' tabhann chuspairean a bharrachd, agus bidh sin a rèir an t-suidheachaidh ionadail agus an luchd-teagaisg a th' ann. Bu chòir do sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim a bhith ag obair còmhla gus cothroman a chruthachadh sa churraicealam airson FtG san àrd-sgoil, agus iad a' co-roinn an cuid eòlais agus a' co-obrachadh gus cùrsaichean agus modhan-libhrigidh a dhealbhadh, leithid ionnsachadh air astar agus teicneòlas.

**2.17** Às dèidh do dh'ùghdarrasan foghlaim co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh dè an curraicealam a tha iad ag iarraidh a thabhann

tron Ghàidhlig san àrd-sgoil, tha e air a mheas riatanach gun dèan iad sanasachd air na cothroman a th' ann air a' churraicealam sin, gus dèanamh cinnteach gum faigh iad na h-àireamhan a tha dhith airson gun tèid na clasaichean air adhart.

### Teisteanasan ann am Foghlam Gàidhlig

**Gheibhear teisteanasan ann an Gàidhlig, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus cuspairean eile ann am FtG bhon SQA. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air seo nuair a tha iad a' leudachadh FtG san àrd-sgoil suas gu na bliadhnaichean as àirde.**

**2.18** Bu chòir do na buidhnean uile a tha an sàs ann am FtG a bhith dèanamh sanasachd air na teisteanasan a gheibhear ann an Gàidhlig, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus cuspairean FtG eile bhon SQA. Tha e air a mheas riatanach gum faigh sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig cothrom air na teisteanasan seo agus gun tèid na tha iad air coileanadh aithneachadh.

**2.19** An-dràsta, gheibhear teisteanasan ann an Gàidhlig, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Nuadh-eòlas agus Matamataig, bho ìre Nàiseanta 3 gu Àrd Ìre Adhartach. Chen eil an SQA a' cur crìochan fa chomhair nan cuspairean a dh'fhaodadh a bhith ann, ach bu chòir meudachadh sam bith a bhith air a phlanadh agus aontachadh aig ìre nàiseanta. Tha e air a mheas riatanach gum beachdaich ùghdarrasan foghlaim air na teisteanasan a tha iad airson a thoirt seachad tron Ghàidhlig san sgìre aca agus gun dèan iad sanasachd air mar a tha iad rim faotainn.

### FtG agus Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

**Ma bhios moladh ann gus sgoil FtG a stèidheachadh, no seirbheis FtG sam bith a thoirt gu crìch, thèid co-chomhairleachadh a chumail fo Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010 ("Achd 2010").**

**2.20** Ma tha ùghdarras foghlaim a' moladh sgoil ùr FtG a stèidheachadh, 's e moladh buntainneach a tha sin fo Achd 2010. Tha sin a' ciallachadh gum biodh aca ris a' phròiseas co-chomhairleachaidh fo Achd 2010 a thòiseachadh. Tha am pròiseas measaidh fo Achd 2016 eadar-dhealaichte bhon pròiseas a thaobh mholaidhean buntainneach fo Achd 2010 agus mar sin, ma bhathar a' moladh sgoil ùr FtG a stèidheachadh às dèidh measadh a dhèanamh fo Achd 2016, dh'fheumadh co-chomhairleachadh fo Achd 2010 a bhith ann cuideachd.

**2.21** Ach, ma tha moladh ann cothrom ùr air FBG a stèidheachadh far nach eilear a' fosgladh sgoil ùr (mar aonad FtG ann an sgoil a th' ann mu thràth), cha bhiodh seo a' stèidheachadh 'ìre foghlaim ùir', ach ìre foghlaim a bh' ann mu thràth air a libhrigeadh tron Ghàidhlig, agus mar sin, cha thòisicheadh sin pròiseas co-chomhairleachaidh fo Achd 2010.

**2.22** Ma bhios moladh sam bith ann gus stad a chur air gach clas FtG ann an sgoil-àraich no bliadhna-sgoile ann am bun-sgoil no àrd-sgoil, 's e moladh buntainneach fo Achd 2010 a bhiodh ann cuideachd. Tha sin a' ciallachadh gun tòisicheadh seo am pròiseas co-chomhairleachaidh fo Achd 2010.

**2.23** Far a bheil moladh co-cheangailte ri FtG na 'mholadh buntainneach' fo Achd 2010,

feumaidh ùghdarras foghlaim cumail ri modhan-obrach sònraichte. Feumaidh iad:

- aithisg ullachadh mu na buannachdan foghlaim (a' sealltainn measadh an ùghdarras air a' bhuidh agus na buannachdan a bhios ann leis a' mholadh do na sgoilearan san sgoil, do dhaoine eile a bhios a' cleachdadh goireasan na sgoile, sgoilearan ann an sgoiltean eile ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim agus clann sam bith a dh'fhaodadh san àm ri teachd a bhith nan sgoilearan san sgoil);
- aithisg a' mholaidh ullachadh agus fhoillseachadh (le fiosrachadh mionaideach mun mholadh, an aithisg mu na buannachdan foghlaim agus fianais bhuntainneach eile);
- co-chomhairleachadh a chumail le diofar dhaoine 's Bòrd na Gàidhlig nam measg;
- coinneamh phoblach a chumail;
- aithisg iarraidh bho Fhoghlam Alba; agus
- aithisg cho-chomhairleachaidh ullachadh le ath-sgrùdadh air a' mholadh a rinneadh sa chiad dol a-mach, a bhios a' gabhail ealla ri beachdan sam bith a fhuaras agus ris an aithisg bho Fhoghlam Alba.

### Gàidhlig agus am Modh-oideachaidh 1+2 Chànan

**Bu chòir beachdachadh air FtG agus FLI ann an co-theacsa nas fharsainghe a thaobh ionnsachadh chànanan. Airson clann ann am FtG, cha bu chòir feitheamh nas fhaide na P5 gus cànan eile a thoirt a-steach. Cuideachd, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim taic a thoirt do luchd-teagaisg a tha airson an sgilean a leasachadh gus FLI a libhrigeadh do chloinn ann am foghlam tron Bheurla.**

**2.24** Bu chòir beachdachadh air FtG, agus FLI ann am foghlam tron Bheurla, le sùil air *Ionnsachadh Chànanan ann an Alba: Am Modh-oideachaidh 1+2*<sup>8</sup>. Feumar beachdachadh air an

dà sheòrsa foghlaim mar dhà shuidheachadh eadar-dhealaichte.

**2.25** Airson clann ann am FtG, cha bu chòir feitheamh nas fhaide na P5 gus treas cànan a thoirt a-steach. Tha sin a' ciallachadh gum bu chòir planadh airson trì cànanan sa churraicealam airson FtG – Gàidhlig, Beurla agus cànan eile. Feumaidh daoine òga ann am FtG ionnsachadh chànanan fhaighinn a tha cunbhalach is adhartach, le cothrom cumail orra leis na cànanan seo uile ann an ÀS1-ÀS3. Bu chòir don phlanadh aig ùghdarrasan foghlaim airson chànanan aire a thoirt do seo. Cuideachd, bu chòir do chothroman a bhith aig sgoilearan cumail orra le aon sam bith de na cànanan seo aig na h-Àrd Ìrean san àrd-sgoil.

**2.26** Airson clann agus daoine òga ann am foghlam tron Bheurla, tha cothroman ann cuideachd gus Gàidhlig ionnsachadh aig an Ìre Foghlaim Choitcheann, P1 gu ÀS3. Dh'fhaodadh iad seo a dhèanamh bho P1 mar a' chiad chànan a bharrachd aca no bho P5 mar an dàrna cànan a bharrachd aca. Faodaidh clann agus daoine òga ionnsachadh na Gàidhlig a chumail a' dol no tòiseachadh air feadh na h-Ìre Foghlaim Coitcheinne.

**2.27** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim ionnsachadh chànanan a tha adhartach is sàr-mhath a thabhann ann am FLI, leis an amas seo a chumail a' dol ann am foghlam àrd-sgoile le teisteanasan ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) rim faotainn aig na h-Àrd Ìrean san àrd-sgoil. Tha goireasan rim faotainn, a' mhòr-chuid dhiubh bho Stòrlann is an SQA, a tha toirt taic do dh'ionnsachadh, teagasg is measaidhean ann am FLI a thèid a libhrigeadh mar phàirt den fhrèam-obrach airson 1+2 chànan.

**2.28** Nuair a tha foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam tron Bheurla còmhla san aon sgoil, bu chòir cothroman a bhith aig na sgoilearan ann am foghlam tron Bheurla Gàidhlig ionnsachadh agus ionnsachadh mu chànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt de dhualchas na h-Alba.

### Feallsanachd agus Àrainneachd na Sgoile

**Ma tha FtG ri fhaighinn ann an sgoil, bu chòir don ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil an aon inbhe aig a' Ghàidhlig agus a th' aig a' Bheurla ann an àrainneachd na sgoile. Bu chòir dhi a bhith ri a faicinn agus ri cluinntinn, agus a bhith follaiseach ann am feallsanachd na sgoile.**

**2.29** Thathar den bheachd gu bheil e riatanach gu bheil clann agus daoine òga ann am FtG a' faireachdainn gu bheil an aon sùim ga chur san foghlam a gheibh iad agus a tha ga chur san foghlam a gheibh clann ann am foghlam tron Bheurla san sgoil aca agus san ùghdarras foghlaim air fad, agus gu bheil am foghlam aca a cheart cho brioghmhor. Faodar cuideachadh le sin le bhith dèanamh cinnteach gun tèid aithne a thoirt don Ghàidhlig, agus gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nuair a ghabhas sin a dhèanamh, air feadh na sgoile agus an lùib thachartasan sa bheil an sgoil air fad a' gabhail pàirt.

**2.30** A thaobh feallsanachd agus àrainneachd na sgoile, bu chòir don sgoil agus don ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ri a faicinn agus ri cluinntinn san sgoil agus mun cuairt na sgoile. 'S urrainn dhaibh sin a dhèanamh le bhith a' cleachdadh Gàidhlig an lùib thachartasan làitheil mar chruinneachaidhean, clubaichean bracaist agus sna seòmraichean-bidh. Bu chòir cuideachd aithne a thoirt don Ghàidhlig air soidhnichean na sgoile, làraich-lìn agus ann am brathan-conaltraidh.

**2.31** Ann an sgoil le aonad Gàidhlig agus aonad Beurla, bu chòir don Ghàidhlig a bhith na pàirt de thachartasan sa bheil an sgoil air fad a' gabhail pàirt. Cuideachd, bu chòir cothrom a bhith aig clann agus daoine òga san aonad Bheurla ionnsachadh mun Ghàidhlig ann an Alba, agus cothrom a bhith aca gus Ghàidhlig ionnsachadh mar chànan a bharrachd tro FLI. Bidh am poileasaidh seo, airson inbhe cho-ionann, a' brosnachadh deagh-ghean is deagh-rùn don Ghàidhlig san sgoil, agus cuidichidh e le fileantachd agus misneachd nan daoine òga a tha ag ionnsachadh tron Ghàidhlig.

### Feuman Taice a Bharrachd ann am FtG

**Bu chòir ceumannan a ghabhail gus leasachadh a dhèanamh air an foghlam a gheibh clann agus daoine òga ann am FtG a tha feumach air taic a bharrachd nan cuid ionnsachaidh.**

**2.32** Feumaidh ùghdarrasan foghlaim feuman taice a bharrachd aig clann no daoine òga a chomharrachadh, a mheasadh agus frithealadh orra. Tha an dleastanas seo ann airson clann agus daoine òga ann am FtG, dìreach mar a tha e ann airson clann agus daoine òga air feadh Alba.

**2.33** Bu chòir do sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim a bhith ag obair còmhla tro chom-pàirteachasan buadhach le pàrantan agus luchd-cùraim gus na feuman taice a bharrachd aig luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh agus a mheasadh ann an dòigh iomchaidh. Tha e cuideachd buailteach gum bi clann agus daoine òga an sàs ann a bhith planadh agus a' sgrùdadh na h-ìre de thaic a thathar a' toirt seachad.

**2.34** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim sealltainn tro phlanadh airson luchd-obrach gu bheil iad a' beachdachadh air mar a thèid taic a bharrachd a

thoirt do chloinn agus do dhaoine òga ann am FtG. Tha e air leth cudromach gun tèid cnapan-starra do dh'ionnsachadh a chomharrachadh aig ìre thràth agus gun tèid taic a thoirt seachad an uair sin, airson dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh na h-ìrean coileanaidh as àirde as urrainn dhaibh a ruighinn. Bidh an cànan anns an tèid an taic a bharrachd a libhrigeadh a rèir dè na feuman a th' aig a' phàiste, dè na goireasan a tha rim faotainn agus cò an luchd-obrach le teisteanasan iomchaidh as urrainn cuideachadh.

**2.35** Thòisich Bòrd na Gàidhlig sgrùdadh ann an 2013 air an t-seòrsa agus an ìre de dh'Fheuman Taice a Bharrachd (FTB) a th' ann am foghlam tron Ghàidhlig agus gus beachdachadh air na sgilean is an trèanadh a tha a dhith air daoine a tha ag obair ann am FtG. Chaidh Aithisg fhoillseachadh ann an 2014 agus an uair sin chaidh co-labhairt a chumail, pàipearan fhoillseachadh agus stuthan-taice a chruthachadh.<sup>9</sup>

**2.36** Chaidh am pròiseas seo a chur an cèill gu soilleir le Stòrlann ann an 'Leabhran FTB' airson FtG. 'S e as motha a tha fa-near don leabhran sin, goireasan is modhan-measaidh a chruthachadh a ghabhas ealla ris na feuman fa leth a th' aig foghlam tron Ghàidhlig nuair a thig e gu FTB. Tha Stòrlann air uallach a ghabhail airson a bhith cruthachadh ghoireasan, a tha a-nis rim faotainn do thidsearan. Gheibhear an leabhran gu h-àrd agus na goireasan bho Stòrlann.<sup>10</sup>

**2.37** Gheibhear stuthan eile a thaobh FTB ann am FtG bho Cholaiste Rìoghail nan Leasaichean Cainnt is Cànan agus Dyslexia Alba. Cuideachd, gheibh a h-uile buidheann phoblach am bathar-bog cainnt Gàidhlig ùr, Ceitidh, an-asgaidh bho Call Scotland aig Oilthigh Dhùn Èideann.<sup>11</sup>

### **Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh ann am FtG**

**Bu chòir fios a bhith aig ùghdarrasan foghlaim air na goireasan a tha rim faotainn gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig clann ann am FtG teicneòlas a chleachdadh ann an Gàidhlig nuair a bhios an cothrom sin ann.**

**2.38** Tha iomadh goireas agus eadar-aghaidh theicneòlach ri fhaighinn ann an Gàidhlig an-diugh mar bhrobhsairean, prògraman oifis, siostaman-obrachaidh, roghainnean airson a' mheur-chlàir agus teicneòlas taice eile. Mholamaid do dh'ùghdarrasan foghlaim gum bu chòir dhaibh cothrom a thoirt do chloinn orra san fhoghlam Ghàidhlig aca.

**2.39** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim a bhith mothachail air na cothroman a th' ann gus teicneòlas a chleachdadh gus foghlam Gàidhlig a leasachadh is a leudachadh ann an sgoiltean. Nam measg tha cothroman gus foghlam Gàidhlig a libhrigeadh tro theicneòlas didseatach tro phròiseactan leithid e-Sgoil, an sgoil-lionra a chaidh a chur air dòigh le Comhairle nan Eilean Siar le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.

### **Ceannas agus Planadh ann am Foghlam Gàidhlig**

**Bu chòir do cheannardan agus luchd-stiùiridh a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig a bhith mothachail air na feartan agus feuman sònraichte a th' aig foghlam Gàidhlig, agus bu chòir dhaibh am mothachadh sin fhighe a-steach do phoileasaidh iomchaidh sam bith a thèid a dhealbhadh no do phrògraman a thèid a chur an gnìomh.**

**2.40** Tha e air a mheas riatanach gum bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim, buidhnean poblach eile, ceannardan-sgoile agus luchd-stiùiridh aig gach ìre a bhith mothachail air na feuman sònraichte a th' aig foghlam Gàidhlig agus mar a tha na feuman sin a' buntainn ris na raointean dha bheil uallach aca. Tha àite cudromach aig buidhnean mar Cholaiste na h-Alba airson Ceannas Foghlaim (SCEL) agus Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS) ann a bhith toirt taic do dh'ionnsachadh proifeiseanta aig gach ìre. Tha GTCS ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig an-dràsta gus aonadan airson ceannas ann am foghlam Gàidhlig a dhealbhadh a bhios mar phàirt de na teisteanasan airson Cheannardan-sgoile aig an GTCS.

**2.41** Bu chòir do dh'fhoghlam Gàidhlig a bhith mar phàirt de phoileasaidhean foghlaim, prògraman agus de na planaichean buntainneach aig sgoiltean agus ùghdarrasan. Bu chòir do luchd-ceannais, luchd-stiùiridh agus oifigearan ann am buidhnean poblach aig a bheil dleastanasan a bhuineas ri foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach Foghlam Alba, Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (SFC) agus Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), aire a thoirt don Stiùireadh Reachdail seo nuair a tha iad a' coileanadh nan dleastanasan is uallaichean-obrach aca.

**2.42** Bithear ag iarraidh air a h-uile ùghdarras poblach buntainneach a tha a' dealbh Plana Gàidhlig – a' gabhail a-steach ùghdarrasan foghlaim – beachdachadh air mar as urrainn dhaibh taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig san sgìre aca. Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' fàgail dleastanas air ùghdarrasan poblach buntainneach gum feum iad, nuair a tha iad a' dealbh Plana Gàidhlig, aire a thoirt don Stiùireadh seo, agus don Stiùireadh aig Bòrd na Gàidhlig air Deasachadh Phlanaichean

Gàidhlig<sup>12</sup>, agus do na cothroman a bhiodh ann Gàidhlig a chleachdadh nan obair. Nuair a tha ùghdarras poblach a' toirt an aire don Stiùireadh seo ann a bhith dealbh a' Phlana Ghàidhlig aca, bu chòir don ùghdarras phoblach bhuntainneach beachdachadh air dòigh sam bith sa bheil na dleastanasan aca a' buntainn ri FtG no FLI agus ma bhuineas, bu chòir dhaibh planadh gus na dleastanasan sin a choileanadh ann an dòigh a bheir FtG is FLI air adhart, aig an àm, agus san àm ri teachd.

### **Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-beatha Dreuchdail ann am Foghlam Gàidhlig**

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim agus ùghdarrasan poblach buntainneach eile dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig cothrom air ionnsachadh proifeiseanta fad-beatha dreuchdail (CLPL).**

**2.43** Tha dleastanas air ùghdarrasan foghlaim agus ùghdarrasan poblach buntainneach eile ionnsachadh proifeiseanta fad-beatha dreuchdail a thoirt seachad a tha frithealadh air na feuman cànan agus proifeiseanta sònraichte a th' aig luchd-obrach a tha ag obair ann am FtG agus FLI.

**2.44** Bu chòir cothrom a bhith aig luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig ionnsachadh proifeiseanta fhaighinn, gus am bi tuigse nas fheàrr aca air cùisean a tha gu sònraichte co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig. Cùisean mar fhoghlam bogaidh ann an sgoiltean, briathrachas sònraichte, gràmar, gnàthasan litreachaidh, measaidhean, teicneòlas didseatach agus ceannas. Cuideachd, bu chòir cothrom a bhith aig luchd-obrach ann am FtG ionnsachadh mu atharraichean ann am poileasaidhean nàiseanta cudromach agus a' bhuidhnean a bhios aca air foghlam ann an Alba.



**2.45** Tha àite aig ùghdarrasan foghlaim agus luchd-stiùiridh sgoiltean a thaobh a bhith a' sanasachd agus a' cur air adhart chothroman do luchd-teagaisg ann am FtG gus na sgilean stiùiridh aca a leasachadh. Cuideachd, bu chòir ealla a ghabhail ri foghlam Gàidhlig nuair a thathar a' dealbh is a' stèidheachadh structaran stiùiridh.

### **Co-chonaltradh ri Teaghlaichean le Clann ann am Foghlam Gàidhlig**

#### **Faodaidh teaghlaichean taic chudromach a thoirt do chloinn is daoine òga a tha ann am foghlam Gàidhlig.**

**2.46** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig teaghlaichean air fiosrachadh ceart agus iomchaidh gus an urrainn dhaibh taic a thoirt don phàiste aca nuair a tha iad a' leasachadh sgilean dà-chànanach mar phàirt de FtG. Bu chòir cothrom a bhith aig teaghlaichean gu cunbhalach gus bruidhinn ri sgoiltean mun adhartas a tha am pàiste a' dèanamh agus na tha iad a' coileanadh ann am FtG. Bu chòir innse do theaghlaichean mu mar as urrainn dhaibh taic a thoirt don chloinn, tro ionnsachadh san dachaigh, ann a bhith ruighinn thargaidean a th' aca a thaobh ionnsachaidh is coileanadh.

**2.47** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil fios aig teaghlaichean gum faod duine sam bith a dhol gu FtG, co-dhiù a tha Gàidhlig aca a-staigh no nach eil. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh iad làraich-lìn a bhrosnachadh do phàrantan a bheir taic do chloinn is daoine òga le bhith ag ionnsachadh Gàidhlig san dachaigh, mar Gaelic4Parents.

**2.48** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim fiosrachadh soilleir a thoirt do theaghlaichean air mar as urrainn dhaibh taic a thoirt don chloinn aca nan cuid foghlaim agus le bhith ruighinn fileantachd ann an Gàidhlig, Beurla agus cànan sam bith eile a tha san dachaigh tro chur-seachadan agus tachartasan taobh a-muigh na sgoile. Mar phàirt de sin, bu chòir dhaibh fiosrachadh a thoirt seachad mu na cothroman a th' ann do theaghlaichean Gàidhlig ionnsachadh. Bidh pàirt aig Comann nam Pàrant ann a bhith dèanamh seo cuideachd.

### **Meud nan Clasaichean ann am FtG**

#### **Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air na h-uallaichean eadar-dhealaichte a tha air neach-teagaisg ann am FtG agus bu chòir dhaibh beachdachadh air àireamhan eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson chlasaichean FtG.**

**2.49** 'S e an àireamh as àirde de sgoilearan a tha ceadaichte ann an clas ann an Alba an-dràsta: 25 airson P1, 30 airson P2 is P3 agus 33 airson a' chòrr den bhun-sgoil.<sup>13</sup> 'S e an àireamh airson chlasaichean measgaichte 25. Ach, nuair a tha iad a' stèidheachadh FtG, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim cuimhneachadh gu bheil uallaichean sònraichte air neach-teagaisg ann am FtG: tha iad ag amas air fileantachd sa Ghàidhlig a thoirt air adhart agus a chumail suas sna bliadhnaichean tràtha sa bhun-sgoil.

**2.50** Chan e a-mhàin gu bheil aig neach-teagaisg ann am FtG ri shealltainn gu bheil adhartas air a bhith ann a thaobh nan sgilean èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhadh, ach cuideachd bidh aca ri sin a dhèanamh ann an cànan a tha an ire mhath ùr do thòrr den chloinn. Tha dùbhlain àraid an lùib na h-obrach sin, oir bidh feadhainn de na sgoilearan aig

irean eadar-dhealaichte a thaobh fileantachd sa Ghàidhlig. Bu chòir cuimhneachadh cuideachd gu bheil FtG gu tric air a thoirt seachad do chlasaichean measgaichte.

**2.51** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim aire a thoirt do na puingean seo, gu h-àraidh nuair a tha iad a' beachdachadh air luchd-teagaisg airson chlasaichean FBG eadar P1 agus P3 agus airson chlasaichean measgaichte sa bhun-sgoil air fad. Cuideachd, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh gu cùramach air a bhith cleachdadh luchd-cuideachaidh cànan mar thaic don luchd-teagaisg ann am FBG agus gus sgoilearan ann am FBG a chuideachadh le bhith togail sgilean cànan.

**2.52** Bu chòir do cheannardan-sgoile dlùth aire a thoirt don àireimh de sgoilearan ann an clasaichean FBG aig gach ìre sa bhun-sgoil. Ma tha dragh air luchd-teagaisg agus luchd-stiùiridh na sgoile mu cho math 's a tha am FtG no mu èifeachdas an fhoghlaim sin, bu chòir ceumannan a ghabhail gus sin a leasachadh. Dh'fhaodadh iad beachdachadh air an clas a dhèanamh nas lugha, an àireamh de sgoilearan fo stiùir gach tidsear a lùghdachadh no feum a dhèanamh de luchd-cuideachaidh cànan.

### **Sgìrean-sgoile FtG is Stiùireadh airson Àiteachan a Ghleidheadh do Sgoilearan**

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson FtG, agus dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh beachdachadh air an iarrtas a th' ann airson FtG nuair a tha iad a' stèidheachadh stiùireadh airson nan àiteachan a thèid a ghleidheadh do sgoilearan ann am FtG.**

**2.53** Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 a' fàgail dleastanas air ùghdarrasan foghlaim sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson nan sgoiltean

aca agus stiùireadh a dhealbhadh ris am feumar cumail nuair a thathar a' gleidheadh àiteachan do sgoilearan ann an sgoiltean.<sup>14</sup> Mar sin, bidh sgìrean ùghdarrasan foghlaim air an roinn le grunn sgìrean-sgoile annta, agus bidh an stiùireadh airson àiteachan a ghleidheadh stèidhichte air cùisean ionadail mar an t-astar chun na sgoile agus an àireamh sgoilearan a tha a' fuireach san sgìre.

**2.54** Bu chòir do sgìre-sgoile airson sgoil le FBG a bhith na sgìre far a bheil an t-ùghdarras foghlaim den bheachd gu bheil e reusanta do chloinn san sgìre sin, a tha airson a dhol gu FBG, siubhal don sgoil, agus bu chòir san sgìre sin gum bi cothrom ann pàrantan a thàladh gu bhith cur an cuid chloinne gu FtG. Mar as trice, bidh sgìrean-sgoile airson sgoiltean a tha tabhann FtG a' gabhail a-steach grunn sgìrean-sgoile airson sgoiltean eile.

**2.55** Nuair a bhios ùghdarrasan foghlaim ag ullachadh stiùireadh a thaobh clàradh agus iarrtasan airson àiteachan sgoile, dh'fhaodte gum bi iad ag iarraidh beachdachadh air a bhith stèidheachadh phoileasaidhean clàraidh agus slatan-tomhais fa leth airson FtG. Ged a tha e an urra ris gach ùghdarras foghlaim iad fhèin beachdachadh air an stiùireadh a tha iad airson ullachadh a rèir mar a tha cùisean aca gu h-ionadail, chuireadh Bòrd na Gàidhlig fàilte air cothrom sam bith a gheibheadh iad pàirt a ghabhail sa phròiseas sin agus/no beachdan a thoirt seachad air.

**2.56** Cuimhnichibh gur e moladh buntainneach a bhios ann fo Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, ma bhios moladh ann gus na riaghailtean inntrigidh airson sgoil atharrachadh, a' gabhail a-steach moladh gus: sgìre-sgoile a stèidheachadh, atharrachadh no cur às dhi; no stiùireadh ullachadh no atharrachadh airson a bhith

dèiligeadh ri iarrtasan airson àite ann an sgoil. Bu chòir cumail ris na modhan-obrach agus na molaidhean a thaobh co-chomhairleachaidh a chithear ann am paragrafan 2.20-23.

### **A' Trusadh is a' Gleidheadh Luchd-teagaisg ann am FtG**

**Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim gach ceum as urrainn dhaibh a ghabhail gus luchd-teagaisg FtG a thrusadh, a ghleidheadh agus gus taic a thoirt dhaibh. Bu chòir sanasachd a dhèanamh air dreuchdan bàna cho luath 's as urrainn, bu chòir do luchd-teagaisg fo dhearbhadh, a fhuair trèanadh ann am FtG, an ùine dhearbhadh aca a chur seachad le clas FtG, agus bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air ceumannan a bharrachd a ghabhail gus luchd-teagaisg FtG a thrusadh bho am measg an luchd-teagaisg eile aca. Tha grunn iomairtean ann gus ùghdarrasan foghlaim a chuideachadh le bhith gabhail nan ceumannan seo.**

**2.57** Tha e an urra ri ùghdarrasan foghlaim luchd-teagaisg, a' gabhail a-steach luchd-teagaisg FtG, a thrusadh agus a chur an dreuchd, agus tha e an urra riutha dèanamh cinnteach gu bheil luchd-teagaisg ann a fhrithealas air feuman gach sgoile agus nan sgoilearan a rèir nan goireasan a tha rim faotainn.

**2.58** Tha amannan air a bhith ann nuair a bha dàil ann, no duilgheadasan aig ùghdarrasan foghlaim, nuair a thigeadh e gu bhith lionadh dhreuchdan bàna airson luchd-teagaisg FtG. Air an adhbhar sin, chaidh grunn iomairtean a chur air chois gus **ùghdarrasan** ionadail a chuideachadh le bhith fastadh luchd-teagaisg FtG.

**2.59** Fhuair Bòrd na Gàidhlig taic gus oifigear trusaidh luchd-teagaisg fhasadh, gus co-òrdanachadh a dhèanamh, **còmhla ri**

**ùghdarrasan foghlaim**, air mar a thèid luchd-teagaisg le teisteanas a thrusadh agus fhasadh agus gus comhairle a thoirt seachad air na diofar shlighean gu teagasg tron Ghàidhlig.

**2.60** Bidh an litir stiùiridh a chuireas Riaghaltas na h-Alba gu Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (SFC) gach bliadhna ag iarraidh orra cumail orra a' cur foghlam luchd-teagaisg FtG fa chomhair dhaoine agus beachdachadh air iomairt sam bith a dh'fhaodadh an àireamh de luchd-teagaisg FtG a mheudachadh.

**2.61** Ma tha dreuchd airson neach-teagaisg FtG bàn aig ùghdarras foghlaim, no ma tha e coltach gum bi dreuchd a' dol bàn, bu chòir na ceumannan a leanas a ghabhail, ma tha e iomchaidh. Bu chòir an dreuchd bhàn a shanasachd tron phròiseas àbhaisteach aig an ùghdarras fhoghlaim agus cuideachd sna meadhanan sòisealta. Cuideachd, bu chòir an sanas a chur gu Bòrd na Gàidhlig, far an tèid a chur air an làrach-lìn aca airson dhreuchdan teagaisg ([www.teagasg.com](http://www.teagasg.com)) agus sgaoilidh iad fios mu dheidhinn tro na lionraidhean conaltraidh aca. An uair sin, cuiridh Bòrd na Gàidhlig na sanasan gu Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS), agus sgaoilidh iadsan iad am measg an luchd-teagaisg uile a tha clàraichte airson teagasg tron Ghàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba. Ma tha am pròiseas seo a' dol a dh'obrachadh gu h-èifeachdach, thathar a' moladh do dh'ùghdarrasan foghlaim gun dèan iad sanasachd air dreuchdan FtG a tha bàn cho luath 's a ghabhas.

**2.62** Cuideachd, faodaidh ùghdarrasan foghlaim neach-teagaisg FtG fo dhearbhadh a fhasadh tron Sgeama Inntigidh do Luchd-teagaisg. Airson grunn bhliadhnaichean, tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith ag obair taobh a-muigh a'

phròiseis airson luchd-teagaisg foghlam na Beurla a thrusadh gus obraichean a chomharrachadh do luchd-teagaisg FtG a tha fo dhearbhadh.

**2.63** Nuair a bhios ùghdarrasan foghlaim a' toirt seachad fios air dreuchdan a tha freagarrach airson luchd-teagaisg fo dhearbhadh, thathar ag iarraidh orra innse cò na dreuchdan a bhiodh freagarrach airson luchd-teagaisg FtG. Thathar a' moladh gun obraich luchd-obrach aig ùghdarrasan foghlaim, le uallach airson taghadh càit am bi luchd-teagaisg ag obair, gu dlùth còmhla ri luchd-obrach le dleastanasan a thaobh na Gàidhlig, seach gu bheil e air a mheas riatanach gun tèid luchd-teagaisg fo dhearbhadh, a chaidh a thrèanadh airson FtG, a chur ann an dreuchd ann am FtG.

**2.64** Thèid dreuchdan an uair sin a chomharrachadh do luchd-teagaisg fo dhearbhadh, agus sin a rèir nan roghainnean a thug iad seachad. Thèid iarraidh air Bòrd na **Gàidhlig beachd** a thoirt seachad mu na dreuchdan a chaidh a thabhann mus tèid aonta deireannach a thoirt seachad.

**2.65** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air na ceumannan a bharrachd a dh'fhaodadh iad a ghabhail gus luchd-teagaisg FtG a thrusadh bho am measg an luchd-teagaisg eile aca fhèin. Bu chòir dhaibh beachdachadh air suirbhidh a chumail den luchd-teagaisg aca gus faighinn a-mach a bheil ùidh aig daoine ann an Gàidhlig agus dè na comasan a th' aca sa Ghàidhlig, agus feuch a bheil luchd-teagaisg ann a bhiodh airson beachdachadh air gluasad bho fhoghlam tron Bheurla gu FtG. Gheibhear eisimpleir de t-seòrsa suirbhidh sin bho Bhòrd na Gàidhlig.

**2.66** Tha am prògram STREAP<sup>15</sup> agus an Cùrsa Bogaidh Gàidhlig do Luchd-teagaisg (GIFT)<sup>16</sup> ann airson luchd-teagaisg a chuideachadh le

bhith gluasad bho fhoghlam tron Bheurla gu FtG. Tha cuid de dh'ùghdarrasan foghlaim cuideachd a' tabhann chùrsaichean mar thaic do luchd-teagaisg a tha ag iarraidh clasaichean FLI a thòiseachadh sa bhun-sgoil. Bu chòir do luchd-teagaisg aig a bheil ùidh sna cothroman seo fios a chur chun an ùghdarras foghlaim aca. Nuair a tha ùghdarras foghlaim a' toirt taic do neach-teagaisg a tha ag iarraidh gluasad gu FtG, an dàrna cuid tron phrògram STREAP no an cùrsa GIFT, bu chòir gach oidhirp a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum faigh an neach-teagaisg dreuchd mar thidsear Gàidhlig nuair a chuireas iad crìoch air a' chùrsa.

**2.67** Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim gach ceum as urrainn dhaibh a ghabhail gus luchd-teagaisg FtG a thrusadh, a ghleidheadh agus gus taic a thoirt dhaibh. A bharrachd air na h-iomairtean gu h-àrd, dh'fhaodadh ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air iomairtean no siùil eile, leithid buannachdan a bharrachd do thidsearan Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gun coilean iad na h-amasan aca a thaobh trusadh luchd-teagaisg.

### **Maoineachadh airson Foghlam Gàidhlig**

**Am measg a' mhaoineachaidh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba airson foghlam Gàidhlig tha: na Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, a tha rim faighinn airson chosgaisean co-cheangailte ri bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLI), agus a' Mhaoin Chalpa airson Sgoiltean Gàidhlig, a tha airson ùghdarrasan foghlaim a chuideachadh le bhith pàigheadh chosgaisean calpa a bhios ag èirigh bho bhith stèidheachadh no leasachadh foghlam na Gàidhlig.**

**2.68** Thathar a' toirt seachad an Tabhartais Shònraichte airson Foghlam Gàidhlig fo Riaghailtean nan Tabhartasan airson Foghlam Gàidhlig (Alba) 1986. Tron sgeama, tha cothrom aig ùghdarrasan foghlaim na h-Alba cur a-steach airson maoin eachadh mu choinneamh **suas ri 75%** de na cosgaisean a th' aca a thaobh a bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig. Tha Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach gach roinn de dh'fhoghlam na Gàidhlig, bho ìre ro-sgoile gu bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean, agus ionnsachadh do dh'ìnbhich. A bharrachd air 23 ùghdarrasan foghlaim, tha Stòrlann, STREAP agus Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLPS) a' faighinn maoin eachadh tron sgeama seo.

**2.69** Nuair a tha ùghdarrasan foghlaim ag ullachadh iarrtas airson Tabhartas Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, thathar a' moladh gum bu chòir dhaibh aire a thoirt don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig, a tha air ullachadh le Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Cuideachd, bithear ag iarraidh air ùghdarrasan foghlaim fiosrachadh mionaideach a thoirt seachad a thaobh mar a tha iad a' dol a chuideachadh gus prìomh amas Riaghaltas na h-Alba a thaobh na Gàidhlig a ruighinn, sin a bhith toirt fàs air an ath ghinealach de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

**2.70** Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air iarrtasan bho ùghdarrasan foghlaim, no buidhnean de dh'ùghdarrasan foghlaim, fo Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, mu choinneamh chosgaisean a dh'èireas air adhbharan a tha air an aontachadh le Ministearan na h-Alba, no a bhuineas ri teagasg na Gàidhlig no teagasg chuspairean eile tron Ghàidhlig. An-dràsta, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh do dh'ùghdarrasan foghlaim planadh a dhèanamh

feuch gun tèid cosgaisean nam pròiseactan a gheibh taic tron sgeama seo fhisge a-steach don bhuidseat choitcheann aca cho luath 's as urrainn, agus feumaidh sin tachairt aig a' char as fhaide còig bliadhna às dèidh dhaibh am maoin eachadh fhaighinn. Tha e na amas do Riaghaltas na h-Alba taic a thoirt do dh'fhoghlam ùr Gàidhlig, agus do phròiseactan a tha a' faotainn maoin eachadh mu thràth.

**2.71** Chaidh a' Mhaoin Chalpa airson Sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2007 mar thoradh air mar a bha an t-iarrtas airson foghlam Gàidhlig a' dol am meud, agus gus ùghdarrasan foghlaim a chuideachadh le bhith leudachadh is a' stèidheachadh foghlam Gàidhlig. Tha a' Mhaoin air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt taic do dh'ùghdarrasan foghlaim air feadh Alba mu choinneamh nan cosgaisean a bh' aca gus foghlam Gàidhlig a leudachadh no a stèidheachadh. Faodaidh ùghdarras foghlaim sam bith cur a-steach airson taic bhon Mhaoin ma tha iad airson foghlam Gàidhlig a libhrigeadh, agus bidh sgioba na Gàidhlig agus na h-Albais aig Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh sanasachd air a' Mhaoin gach bliadhna nuair a tha iad a' conaltradh ri Stiùirichean Foghlaim aig ùghdarrasan foghlaim.

**2.72** A thuilleadh air na sgeamaichean maoin eachaidh seo a tha gu sònraichte airson na Gàidhlig, gu tric bidh cothrom aig ùghdarrasan foghlaim air taic-airgid bho sgeamaichean maoin eachaidh eile agus tro chothroman ionmhasail eile tro Riaghaltas na h-Alba airson a chosg air seirbheisean foghlaim. Seach gu bheil foghlam Gàidhlig mar phàirt de dh'fhoghlam san fharsaingeachd ann an Alba, thathar a' brosnachadh ùghdarrasan foghlaim gu bhith beachdachadh air pròiseactan Gàidhlig nuair a tha iad ag ullachadh iarrtasan airson nan sgeamaichean seo.

## NOTAICHEAN

- <sup>1</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.gaidhlig.scot/bord/ga/research/education-data/>
- <sup>2</sup> Faicibh paragraf 35 den Mheòrachan air Cumhachdan Tiomnaichte airson Achd 2016:  
[http://www.scottish.parliament.uk/S4\\_Bills/Education\\_DPM\\_.pdf](http://www.scottish.parliament.uk/S4_Bills/Education_DPM_.pdf)
- <sup>3</sup> Faicibh paragrafan 19 agus 20 den Mheòrachan air Cumhachdan Tiomnaichte airson Achd 2016:  
[http://www.scottish.parliament.uk/S4\\_Bills/Education\\_DPM\\_.pdf](http://www.scottish.parliament.uk/S4_Bills/Education_DPM_.pdf)
- <sup>4</sup> Faicibh paragraf 22 den Mheòrachan air Cumhachdan Tiomnaichte airson Achd 2016:  
[http://www.scottish.parliament.uk/S4\\_Bills/Education\\_DPM\\_.pdf](http://www.scottish.parliament.uk/S4_Bills/Education_DPM_.pdf)
- <sup>5</sup> Ri fhaicinn aig <https://education.gov.scot/improvement/Pages/gael3-advice-on-gaelic-education.aspx>
- <sup>6</sup> Faicibh Earrainnean 47 agus 48 de dh'Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) 2014:  
<http://www.legislation.gov.uk/asp/2014/8/contents/enacted>
- <sup>7</sup> Faicibh Pàipear Deasbaid Riaghaltas na h-Alba air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (leudachadh gu 1140 uairean): <https://consult.scotland.gov.uk/digital-communications/childcare-expansion>
- <sup>8</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.gov.scot/Publications/2012/05/3670>
- <sup>9</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.storlann.co.uk/asn-slt/>
- <sup>10</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/>
- <sup>11</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.thescottishvoice.org.uk>
- <sup>12</sup> Ri fhaicinn aig <http://gaeliclanguagelansscotland.org.uk/en/how-to-develop/guidance>
- <sup>13</sup> Faicibh an Stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith Dearbhadh na h-Àireimh Sgoilearan a Ghabhas Sgoil: <http://www.gov.scot/Resource/0046/00461513.pdf>
- <sup>14</sup> Faicibh Earrainn 28A agus Earrainn 28B(1)(c) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980:  
<http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1980/44/contents>
- <sup>15</sup> 'S e cùrsa pàirt-ùine fad-bliadhna a th' ann an **STREAP**, air a libhrigeadh le Oilthigh Obar Dheathain agus Sabhal Mòr Ostaig airson luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig mu thràth. Tha an cùrsa air a làn mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' toirt an cothrom do luchd-teagaisg na dòighean-obrach dreuchdail aca a leasachadh a thaobh a bhith teagasg cuspair no ìre tron Ghàidhlig. Tha e a' leasachadh nan sgilean cànan aig daoine, an comas agus a' mhisneachd aca san t-seòmar-teagaisg, agus a' toirt comasan dhaibh a thaobh meòrachaidh bhreithneachail ann an co-theacs FtG. Thathar a' moladh a' chùrsa seo do luchd-teagaisg FtG a tha airson barrachd trèanaidh a dhèanamh, agus do luchd-teagaisg a tha teagasg tron Bheurla an-dràsta ach aig a bheil ùidh ann a bhith teagasg tron Ghàidhlig. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.
- <sup>16</sup> 'S e cùrsa làn-ùine fad-bliadhna a th' anns a' **Chùrsa Bhogaidh Ghàidhlig do Luchd-teagaisg (GIFT)**, air a libhrigeadh le Oilthigh Srath Chluaidh agus air a dhealbh airson luchd-teagaisg le teisteanas-teagaisg a tha air an rathad gu fileantachd sa Ghàidhlig (an seòrsa comais a bhiodh aca sa chànan le Gàidhlig aig Àrd Ìre no ionnan ri sin) agus a tha ag iarraidh a bhith ag obair ann am FtG. Tha dùil ann gun till an luchd-teagaisg, a gheibh taic bhon ùghdarras fhoghlaim aca gus an cùrsa seo a dhèanamh, gu bhith teagasg tron Ghàidhlig. Thathar a' moladh do dh'ùghdarrasan fhoghlaim gun coimhead iad air a' chùrsa seo mar dhòigh gus cuideachadh le planadh airson luchd-obrach fhadthad agus gun obraich iad còmhla ris na buidhnean a tha an sàs ann a bhith ga libhrigeadh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.
- <sup>17</sup> Ri fhaicinn aig <http://www.gaidhlig.org.uk/bord/wp-content/uploads/sites/2/National-Gaelic-Langauge-Plan-2012-20172.pdf>

## FIOSRACHADH CONALTRAIDH

---

### **Bòrd na Gàidhlig**

Taigh a' Ghlinne Mhòir  
Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis  
IV3 8NW

[oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)

<http://www.gaidhlig.scot>

Fòn: 01463 225454

### **Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba**

Taigh Rosebery  
9 Barraid Margaidh an Fheòir  
Dùn Èideann  
EH12 5EZ

[office@npfs.org.uk](mailto:office@npfs.org.uk)

<http://www.npfs.org.uk>

Fòn: 0131 3138842

### **Foghlam Alba**

Taigh Denholm  
Pàirc Ghniomhachais Almondvale  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe  
EH54 6GA

[enquiries@educationscotland.gov.uk](mailto:enquiries@educationscotland.gov.uk)

<http://education.gov.scot>

Fòn: 0141 2825000

### **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig**

54 Rathad Shiophoirt  
Steòrnabagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

[oifis@storlann.co.uk](mailto:oifis@storlann.co.uk)

<http://www.storlann.co.uk>

Fòn: 01851 700880

### **Comann nam Pàrant (Nàiseanta)**

5 Caolraid Mhicheil  
Inbhir Nis  
IV2 3HQ

[fios@parant.org.uk](mailto:fios@parant.org.uk)


<http://www.parant.org.uk>

Fòn: 01463 234138



# EÀRR-RÀDH A

## PRÒISEAS NAN TAGRAIDHEAN AIRSON FBG



<b>Clàr-iùil:</b>	<b>Pàrant</b>	<b>Ùghdarras Foghlaim (ÙF)</b>	<b>Buidheann Eile</b>
	6 seachdainean	10 seachdainean	



# EÀRR-RÀDH B

## STIÙIREADH DO PHÀRANTAN

---

A bheil pàiste agaibh fo aois sgoile nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast?

A bheil sibh airson gun tèid am pàiste agaibh gu FBG?

Is there evidence of further demand for GMPE in your education authority area?  
(Bòrd na Gàidhlig or Comann nam Pàrant may be able to help with this information)

**Ma fhreagair sibh 'Tha' airson nan trì ceistean gu h-àrd, faodaidh sibh tagradh a chur chun an ùghdarras fhoghlaim ag iarraidh measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith.**  
(Gheibhear stiùireadh air na dh'fheumas a bhith san tagradh ann am paragrafan 1.7-1.9)

Ni an t-ùghdarras foghlaim **Ciad Mheasadh** agus sgrìobhaidh iad thugaibh taobh a-staigh **sia seachdainean** bho gheibh iad an tagradh.

Ma sheallas a' chiad mheasadh gum faodadh iarrtas a bhith ann, ni an t-ùghdarras Measadh Iomlan (no roghnaichidh iad FBG a stèidheachadh gun mheasadh) far an coimhead iad air cùisean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air co-dhùnadh gus FBG a stèidheachadh. (Gheibhear liosta de na cùisean ann am paragraf 1.52)

Foillsichidh an t-ùghdarras foghlaim aithisg taobh a-staigh **deich seachdainean** bho thòisich iad air Measadh Iomlan, le fios air:

- an co-dhùnadh;
- na h-adhbharan air cùl a' cho-dhùnaidh;
- cuin a tha iad an dùil FBG a thòiseachadh, mas e sin an co-dhùnadh a rinn iad.

Mar am pàrant a chuir tagradh a-steach airson FBG, gheibh sibh lethbhreac den aithisg seo. Ma tha FBG gu bhith air a stèidheachadh, cuiridh ur n-ùghdarras foghlaim fios thugaibh mun ath cheum.

Cuimhnichibh, bidh agaibh ri iarrtas fa leth a chur a-steach fhathast airson àite a ghleidheadh do ur pàiste ann an aonad no sgoil ùr a thèid a stèidheachadh.

## EÀRR-RÀDH C

### ACHD AN FHOGLAIM (ALBA) 2016 – NA CUMHACHAN GÀIDHLIG

'S e earrann a tha seo bho Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 (2016 asp 8). Chithear teacsa slàn na h-Achd aig <http://www.legislation.gov.uk/asp/2016/8/introduction/enacted>.

#### Measaidhean: foghlam bun-sgoile

##### 7 Tagraidhean measaidh

- (1) **Faodaidh neach a tha na p(h)àrant le pàiste a tha fo aois sgoile, agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast, iarraidh air ùghdarras foghlaim na sgìre far a bheil am pàiste a' fuireach measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig (sa Phàirt seo, "FBG") a dhith.**
- (2) **Feumaidh tagradh a nithear fo fho-earrainn (1)–**
  - (a) a bhith buntainn ri aon phàiste a-mhàin (sa Phàirt seo, am "pàiste a chaidh ainmeachadh"), agus
  - (b) fianais a shealltainn, no feumaidh fianais a bhith leis an tagradh, a sheallas gu bheil iarrrtas ann airson FBG bho phàrantan le clann eile a tha–
    - (i) a' fuireach ann an sgìre an ùghdarras dha bheilear a' dèanamh tagradh, agus
    - (ii) a tha air an aon bhliadhna ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh.
- (3) **Faodaidh tagradh a nithear fo fho-earrainn (1) fianais a shealltainn, no faodaidh fianais a bhith leis an tagradh, a sheallas gu bheil iarrrtas ann airson FBG bho phàrantan le clann eile a tha–**
  - (a) a' fuireach ann an sgìre an ùghdarras dha bheilear a' dèanamh tagradh, agus
  - (b) a tha air bliadhna eadar-dhealaichte bhon phàiste a chaidh ainmeachadh.
- (4) **Sa Phàirt seo, tha "bliadhna", no "buidheann air an aon bhliadhna", nuair a bhuineas e ri ùghdarras foghlaim, a' ciallachadh buidheann de chloinn fo aois sgoile a bhios uile, nuair a thòisicheas iad sa bhun-sgoil ann an sgìre an ùghdarras, air an aon bhliadhna sa bhun-sgoil; agus nuair a bhios iomradh sa Phàirt seo air pàiste a tha air an aon bhliadhna no air bliadhna eadar-dhealaichte bho chloinn eile, 's ann a rèir a' mhìneachaidh seo a bu chòir sin a bhith air a thuigsinn.**
- (5) **Faodaidh Ministearan na h-Alba, tro riaghailtean, cumhachan a bharrachd a thoirt a-steach a thaobh thagraidhean fo fho-earrainn (1).**
- (6) **Faodaidh na riaghailtean fo fho-earrainn (5) a bhith gu h-àraidh a' gabhail a-steach cumhachan airson no a tha co-cheangailte ri(s)–**
  - (a) an t-seòrsa tagraidh a bhios ann agus an dòigh san dèanar tagradh,
  - (b) fiosrachadh (a' gabhail a-steach fianais a bharrachd air an fhianais air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (2)) a thèid a shealltainn san tagradh, no a bhios leis an tagradh,

(c) fianais mar a tha i air a mìneachadh ann am fo-earrainnean (2) is (3).

## 8 Sgìrean measaidh FBG

**(1) Tha an earrainn seo a' buntainn ri tagraidhean a gheibh ùghdarrasan foghlaim fo earrainn 7(1).**

**(2) Feumaidh an t-ùghdarras sgìre a chomharrachadh, taobh a-staigh sgìre an ùghdarrais, far an tèid measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil a bheil FBG a dhith.**

**(3) Canar sa Phàirt seo "sgìre measaidh FBG" ri sgìre a thèid a chomharrachadh fo fo-earrainn (2).**

**(4) Ann a bhith beachdachadh air cò an sgìre a thèid a chomharrachadh mar sgìre measaidh FBG, feumaidh ùghdarras-**

- (a) cho fad 's a tha e reusanta, feuchainn ri frithealadh air-
- (i) an iarrtas airson FBG a tha air a shealltainn le fianais san tagradh no le fianais a tha tighinn leis an tagradh, no
  - (ii) iarrtas sam bith eile airson FBG air a bheil fios aig an ùghdarras a thaobh cloinne a tha fuireach ann an sgìre an ùghdarrais a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast, agus
- (b) aire a thoirt do chùisean a bheir buaidh, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt, air mar a thèid frithealadh gu reusanta air iarrtas sam bith a th' ann airson FBG san sgìre measaidh FBG.

**(5) Ann a bhith toirt an aire do na cùisean sin, feumaidh an t-ùghdarras aire a thoirt gu sònraichte do-**

- (a) stiùireadh sam bith fo earrainn 9 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005,

- (b) cho furasta 's a tha no a bhios e do chloinn aonadan/sgoiltean FBG a tha san sgìre measaidh FBG (no a dh'fhaodadh a bhith ann) a ruighinn no cothrom fhaighinn air FBG sna h-aonadan/sgoiltean FBG sin, agus
- (c) far a bheil clann a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil a' fuireach agus iadsan nan cloinn a tha a' cur ris an iarrtas airson FBG mar a tha e air a mhineachadh ann am fo-earrainn (4)(a).

## 9 Ciad measaidhean

**(1) Tha an earrainn seo a' buntainn ri tagradh a gheibh ùghdarrasan foghlaim fo earrainn 7(1) bho phàrant aig pàiste a chaidh ainmeachadh.**

**(2) Feumaidh an t-ùghdarras measadh ("ciad measadh") a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith-**

- (a) a thaobh na sgìre measaidh FBG a chaidh a chomharrachadh fo earrainn 8(2), agus
- (b) airson na bliadhna dom buin am pàiste a chaidh ainmeachadh.

**(3) Ann a bhith dèanamh a' chiad measaidh, feumaidh an t-ùghdarras aire a thoirt do dh'fhiosrachadh sam bith a th' aca-**

- (a) mu dheidhinn an iarrtais a th' ann airson FBG san sgìre measaidh FBG bho phàrantan le clann-
- (i) a tha fuireach san sgìre measaidh FBG, agus
  - (ii) a tha air an aon bhliadhna ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh, agus
- (b) a tha sealltainn gu bheil iarrtas ann airson FBG san sgìre measaidh FBG bho phàrantan le clann-
- (i) a tha fuireach san sgìre measaidh FBG, agus
  - (ii) a tha air bliadhna eadar-dhealaichte bhon phàiste a chaidh ainmeachadh.

- (4) Tha am fiosrachadh air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (3) a' gabhail a-steach fiosrachadh a tha ga shealltainn san tagradh no a tha tighinn leis an tagradh.
- (5) Às dèidh a' chiad mheasaidh a thaobh sgìre mheasaidh FBG—
- (a) ma tha an t-ùghdarras riarachtaichte gu bheil an cumha ann am fo-earrainn (6) air a choileanadh, feumaidh an t-ùghdarras breith a thoirt seachad gum faodadh gu bheil FBG a dhìth san sgìre,
- (b) mura h-eil an t-ùghdarras riarachtaichte gun deach an cumha sin a choileanadh, feumaidh an t-ùghdarras breith a thoirt seachad nach eil FBG a dhìth a rèir choltais san sgìre.
- (6) 'S e an cumha, a thaobh a' phàisteachaidh a chaidh ainmeachadh agus na cloinne aig a bheil pàrantan air a bheil fios aig an ùghdarras mar a tha sin air a mhìneachadh fo (3)(a), gum bi 5 chloinne no barrachd ann.
- (7) Faodaidh Ministearan na h-Alba tro riaghailtean—
- (a) fo-earrainn (6) atharrachadh agus iad a' cur àireamh eadar-dhealaichte, airson ùine a tha ainmichte, an àite na h-àireimh chloinne a th' ann,
- (b) cumha a thoirt a-steach a thaobh na h-àireamh chloinne, airson ùine a tha ainmichte, san fho-earrainn sin gus am bi àireamh(an) eadar-dhealaichte ann airson ùghdarrasan foghlaim a thèid ainmeachadh sna riaghailtean a thaobh cur-an-gnìomh na fo-earrainn sin.
- (8) Tha an earrainn seo a' tighinn fo sgèith earrainn 11.
- 10 Dleastanasan air ùghdarrasan foghlaim**
- (1) Nuair a bheir ùghdarras foghlaim breith seachad fo earrainn 9(5)(a) a thaobh sgìre mheasaidh FBG, feumaidh an t-ùghdarras—
- (a) measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhìth san sgìre a rèir earrainn 12, no
- (b) na ceumannan a ghabhail a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh san sgìre a bhiodh, am beachd an ùghdarras, freagarrach.
- (2) Nuair a bheir ùghdarras foghlaim breith seachad fo earrainn 9(5)(b) a thaobh sgìre mheasaidh FBG, feumaidh an t-ùghdarras—
- (a) a chur romhpa gun dad eile a dhèanamh gus FBG a stèidheachadh san sgìre agus sin a thaobh an tagraidh air an tug iad breith,
- (b) measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhìth san sgìre a rèir earrainn 12, no
- (c) na ceumannan a ghabhail a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh san sgìre a bhiodh, am beachd an ùghdarras, freagarrach.
- (3) Feumaidh ùghdarras foghlaim, taobh a-staigh 6 seachdainean aig a' char as fhaide bho gheibh iad tagradh air am feumar breith a thoirt mar a tha e air a mhìneachadh ann am fo-earrainnean (1) is (2), fios a chur chun nan daoine ainmichte ann am fo-earrainn (4) mu(n)—
- (a) a' bhreith aca,
- (b) an co-dhùnadh aca air na nì iad mar a tha e air a mhìneachadh ann am fo-earrainn (1) (a) no (b), air no, a rèir 's mar a bhios a' chùis, ann am fo-earrainnean (2)(a), (b) no (c), agus
- (c) na h-adhbharan airson na breith agus a' cho-dhùnaidh aca.

**(4) 'S iad na daoine—**

- (a) am pàrant a chuir tagradh a-steach,
- (b) pàrantan le clann eile mar a tha iad air am mìneachadh ann an earrainn 7(2), agus
- (c) nuair a bhios fianais san tagradh, no leis an tagradh, bho phàrantan le clann eile mar a tha iad air am mìneachadh ann an earrainn 7(3), na pàrantan sin.

**(5) Feumaidh ùghdarras foghlaim, mus bi an ùine air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (3) seachad, na leanas fhoillseachadh air an làrach-lìn aca—**

- (a) a' bhreith a thug iad seachad mar a tha sin air a mhìneachadh ann am fo-earrainn (1) no (2),
- (b) an co-dhùnadh aca air na nì iad mar a tha e air a mhìneachadh ann am fo-earrainn (1) (a) no (b), air no, a rèir 's mar a bhios a' chùis, ann am fo-earrainnean (2)(a), (b) no (c),
- (c) na h-adhbharan airson na breith agus a' cho-dhùnaidh aca, agus
- (d) fiosrachadh mun sgìre mheasaidh FBG ris am buin a' bhreith a chaidh a thoirt seachad.

**(6) Gus cumail ris an dleastanas a thig orra le fo-earrainn (1)(b) no (2)(c), feumaidh an t-ùghdarras dèanamh cinnteach gun tèid FBG a chur air dòigh san sgìre mheasaidh FBG ann an ùine a tha reusanta a rèir an t-suidheachaidh a th' ann air fad às dèidh dhaibh breith a thoirt seachad.****11 Tagraidhean air nach fheumar measadh a dhèanamh****(1) Tha fo-earrainn (2) buntainneach nuair—**

- (a) a nithear tagradh fo earrainn 7(1) ("an tagradh tùsail"),
- (b) gus dèiligeadh ris an tagradh thùsail, a tha an t-ùghdarras foghlaim a fhuair an tagradh tùsail a' dèanamh ciad mheasadh fo earrainn 9 ann an sgìre mheasaidh FBG,
- (c) a tha an t-ùghdarras an uair sin a' faighinn tagradh eile fo earrainn 7(1) ("tagradh eile") a bhiodh a' fàgail dleastanas air an ùghdarras (mura robh fo-earrainn (2) ann) ciad mheasadh a dhèanamh a thaobh na sgìre measaidh FBG, agus
- (d) thathar a' faighinn an tagraidh eile taobh a-staigh 2 bhliadhna bhon cheann-latha air an d' fhuaras an tagradh tùsail.

**(2) Chan fheum an t-ùghdarras foghlaim an dleastanas a th' orra fo earrainn 9(2) a choileanadh a thaobh an tagraidh eile (ach nuair a thèid iarraidh orra fo fo-earrainn (4)).****(3) A thaobh chumhachan na h-earrainn seo, chan eil e gu diofar—**

- (a) ged a thèid an tagradh eile a chur a-steach—
  - (i) leis an aon neach a chuir an tagradh tùsail a-steach no le neach eile, no
  - (ii) le pàrant le pàiste air an aon bhliadhna ris, no air bliadhna eadar-dhealaichte bhon, phàiste mun do chuir pàrant a-steach an tagradh tùsail, no
- (b) ged a tha FBG ga libhrigeadh san sgìre mheasaidh FBG do bheil na tagraidhean a rinneadh a' buntainn.

**(4) A dh'aindeoin fo-earrainn (2), faodaidh Ministearan na h-Alba, ann an suidheachaidhean a tha nam beachd-san freagarrach, iarraidh air ùghdarras foghlaim an dleastanas aca fo earrainn 9(2) a choileanadh a thaobh tagraidh eile.**

## 12 Measaidhean iomlan

**(1) Tha an earrainn seo buntainneach–**

- (a) nuair a gheibh ùghdarras foghlaim tagradh fo earrainn 7(1), agus
- (b) agus nuair a cho-dhùineas ùghdarras foghlaim, fo earrainn 10(1)(a) no (2)(b), gun dèan iad measadh iomlan gus faicinn a bheil FBG a dhith ann an sgìre mheasaidh FBG.

**(2) Feumaidh an t-ùghdarras–**

- (a) fios a chur gu na daoine ainmichte ann am fo-earrainn (3) ag innse dhaibh mun tagradh,
- (b) fiosrachadh a thoirt do na daoine sin mun tagradh,
- (c) am fiosrachadh, don tug an t-ùghdarras an aire fo earrainn 9(3) ann a bhith dèanamh ciad mheasadh, a thoirt do na daoine sin, agus
- (d) beachdan nan daoine sin a shireadh air–
  - (i) an fhiosrachadh air a bheil iomradh ann am paragrafan (b) is (c), agus
  - (ii) breith an ùghdarrais fo earrainn 9(5).

**(3) 'S iad na daoine–**

- (a) Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson sgoiltean ('s iad sin, luchd-sgrùdaidh airson sgoiltean a chaidh a chur an dreuchd leis a' Bhanrigh fo Achd 1980),
- (b) Bòrd na Gàidhlig,
- (c) a' bhuidheann leis an ainm Comann nam Pàrant,
- (d) a' bhuidheann leis an ainm Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba

**(4) Feumaidh na daoine ainmichte ann am fo-earrainnean (3)(a) is (b)–**

- (a) na beachdan a thathar a' sireadh fo fho-earrainn (2)(d) a thoirt seachad, agus
- (b) sin a dhèanamh mus bi 4 seachdainean seachad, agus an ùine sin a' tòiseachadh air an latha a thèid na beachdan aca iarraidh.

**(5) A rèir fo-earrainn (7), feumaidh an t-ùghdarras foghlaim co-dhùnadh a dhèanamh feuch a bheil gus nach eil iad a' dol a stèidheachadh FBG san sgìre mheasaidh FBG.**

**(6) Nuair a nì iad co-dhùnadh fo fho-earrainn (5), feumaidh ùghdarras foghlaim aire a thoirt do–**

- (a) beachdan a fhuaras fo fho-earrainn (2)(d) mus robh 4 seachdainean seachad bhon latha a chaidh na beachdan iarraidh,
- (b) stiùireadh sam bith fo earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005,
- (c) fiosrachadh don tug an t-ùghdarras an aire ann a bhith dèanamh a' chiad mheasaidh fo earrainn 9(2),
- (d) a thaobh an iarrtais a th' ann airson FBG mar a tha e air a mhìneachadh fo earrainn 9(3) bho phàrantan le clann, agus a thaobh far a bheil a' chlann sin a' fuireach,
- (e) fiosrachadh sam bith a th' aig an ùghdarras foghlaim co-cheangailte ris an iarrtas a th' ann airson FBG ann an sgìre an ùghdarrais, bho phàrantan le clann a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fhathast,
- (f) far a bheil FBG ga libhrigeadh mu thràth ann an sgìre an ùghdarrais foghlaim, no ann an sgìre ùghdarrais foghlaim eile a tha ri taobh an ùghdarrais,
- (g) an ìre 's gum biodh e–

- (i) comasach do chloinn a tha fuireach ann an sgìre ùghdarras fhoghlaim eile, a tha ri taobh an ùghdarras fhoghlaim air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (5), cothrom fhaighinn air FBG san sgìre mheasaidh FBG,
  - (ii) comasach do chloinn a tha fuireach san sgìre mheasaidh FBG cothrom fhaighinn air FBG ann an ùghdarras fhoghlaim eile a tha ri taobh an ùghdarras fhoghlaim air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (5),
- (h) na th' ann de thoglaichean a tha rim faotainn, agus cho freagarrach 's a tha iad, ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim far a bheil FBG ga thabhann mu thràth no far an gabhadh FBG a stèidheachadh gu reusanta,
- (i) na chosgadh e FBG a libhrigeadh san sgìre mheasaidh FBG,
  - (j) cho comasach a bhiodh e dhaibh daoine a ghluasad no fhadhadh gus FBG a theagasg san sgìre mheasaidh FBG,
  - (k) plana Gàidhlig sam bith a tha an t-ùghdarras fhoghlaim air fhoillseachadh fo earrainn 5(9) de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha ga chur an gnìomh aig an àm a tha iad a' dèanamh co-dhùnadh mar a tha e air a mhìneachadh fo fho-earrainn (5),
  - (l) na cothroman a th' ann gus leasachadh no leudachadh a thoirt air–
    - (i) cleachdadh na Gàidhlig ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim, agus
    - (ii) tachartasan/obair co-cheangailte ri Gàidhlig ann an sgìre an ùghdarras fhoghlaim.

**(7) Feumaidh an t-ùghdarras fhoghlaim co-dhùnadh a dhèanamh FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG mura biodh e, às dèidh dhaibh aire a thoirt do na cùisean ann am fo-earrainn (6), mi-reusanta sin a dhèanamh.**

**(8) Faodaidh Ministearan na h-Alba tro riaghailtean–**

- (a) fo-earrainn (3) atharrachadh,
- (b) fo-earrainn (6) atharrachadh gus cùisean ùrachadh, a thoirt às no gus cùisean a chur ris an liosta chùisean air a bheil iomradh san fho-earrainn sin, aig an àm a tha ainmichte,
- (c) atharraichean eile a dhèanamh air an earrainn seo a tha Ministearan na h-Alba gam meas riatanach no iomchaidh às dèidh atharrachadh sam bith air fo-earrainn (3).

### 13 Ceumannan às dèidh measadh iomlan

**(1) Tha an earrainn seo buntainneach nuair a tha ùghdarras fhoghlaim air measadh iomlan a dhèanamh gus faicinn a bheil FBG a dhith ann an sgìre mheasaidh FBG a rèir earrainn 12.**

**(2) Feumaidh an t-ùghdarras aithisg ullachadh le fios air–**

- (a) an co-dhùnadh aca a thaobh a bhith stèidheachadh no gun a bhith stèidheachadh FBG san sgìre,
- (b) na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh aca le iomradh air–
  - (i) gach cùis ainmichte ann an earrainn 12(6), agus
  - (ii) an dleastanas aca fo earrainn 12(7), agus
- (c) nuair a tha iad air co-dhùnadh a dhèanamh FBG a stèidheachadh san sgìre, an ùine a tha an t-ùghdarras a' smaoinichadh a bhiodh reusanta a thoirt gus FBG a stèidheachadh san sgìre.

**(3) Feumaidh an t-ùghdarras lethbhreac den aithisg a chur–**

- (a) chun a' phàrant a chuir a-steach an tagradh ri linn a chaidh am measadh iomlan a dhèanamh,
- (b) gu pàrantan le clann eile mar a tha iad air am mìneachadh ann an earrainn 7(2), agus

- (c) nuair a bha fianais san tagradh, no leis an tagradh, bho phàrantan le clann eile mar a tha iad air am mineachadh ann an earrainn 7(3), gu na pàrantan sin.
- (4) Feumaidh an t-ùghdarras an aithisg fhoillseachadh air an làrach-lìn aca.
- (5) Feumar an aithisg fhoillseachadh fo fho-earrainn (4) taobh a-staigh 10 seachdainean aig a' char as fhaide bho cho-dhùin an t-ùghdarras measadh iomlan a dhèanamh.
- (6) Nuair a tha an t-ùghdarras foghlaim air co-dhùnadh a dhèanamh gu bheil iad a' dol a stèidheachadh FBG san sgìre mheasaidh FBG, feumaidh iad na ceumannan a ghabhail a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh san sgìre, mar a tha iad ga mheas iomchaidh.
- (7) Ann a bhith gabhail nan ceumannan sin, feumaidh an t-ùghdarras dèanamh cinnteach gun tèid FBG a stèidheachadh san sgìre mheasaidh FBG ann an ùine, às dèidh dhaibh co-dhùnadh a dhèanamh mar a tha e air a mhineachadh ann am fo-earrainn (6), a tha reusanta a rèir an t-suidheachaidh a th' ann air fad.

## Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

---

### 14 An cumhachd gus am Pàirt a leudachadh gu bhith gabhail a-steach tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba, tro riaghailtean, cumhachan a thoirt a-steach a tha iad a' meas riatanach no iomchaidh airson, no a tha co-cheangailte ris, an adhbhair air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (2).
- (2) 'S e adhbhar nan cumhachan: gum bi e mar dhleastanas air ùghdarras foghlaim a gheibh tagradh fo earrainn 7(1) gun dèilig iad ris mar thagraidh gus measadh a dhèanamh gus faicinn a bheil foghlam tron Ghàidhlig a dhìth san sgìre aca, agus nan deigheadh a leithid a dh'fhoghlam a thoirt seachad no a stèidheachadh, bhiodh sin a' coileanadh an dleastanas (gu ìre no gu h-iomlan) air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (3).
- (3) 'S e a th' anns an dleastanas: dleastanas fo fho-earrainn (1) de dh'earrainn 1 de dh'Achd 1980 chun na h-ìre 's gun gabh a choileanadh mar a tha e air a mhineachadh ann am fo-earrainn (1A) den earrainn sin (dleastanas air ùghdarrasan foghlaim gus foghlam tràth-ionnsachaidh is cothroman air cùram-chloinne a stèidheachadh).
- (4) Faodaidh riaghailtean fo fho-earrainn (1) gu h-àraidh—
- (a) am Pàirt seo, Achd 1980 no achdachadh sam bith eile atharrachadh,
- (b) a stèidheachadh gun tèid cumha sam bith den Phàirt seo, de dh'Achd 1980 no achdachadh sam bith eile a chur an gnìomh—
- (i) le atharraichean a dh'fhaodadh a bhith air an comharrachadh sna riaghailtean, no
- (ii) gun atharraichean.



## Cur air adhart, taic is stiùireadh

### 15 An dleastanas taic a thoirt do dh'fhoghlam is ionnsachadh tron Ghàidhlig agus an cur air adhart

- (1) **Feumaidh gach ùghdarras foghlaim am foghlam sgoile, a dh'fhaodadh a bhith air a stèidheachadh ann an sgìre an ùghdarrais, a chur air adhart–**
- (a) a thaobh foghlam tron Ghàidhlig, le bhith dèanamh sanasachd, ann an dòigh a tha iad ga mheas iomchaidh, air a' chòir a th' ann gus tagradh a chur fo earrainn 7(1) chun an ùghdarrais, agus
  - (b) a thaobh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, ann an dòigh a tha iad ga mheas iomchaidh.
- (2) **Nuair a tha fo-earrainnean (3) no (4) buntainneach, feumaidh ùghdarras foghlaim, cho fad 's a tha pragtaigeach gu reusanta, taic a thoirt do na seòrsaichean foghlaim a leanas agus an cur air adhart–**
- (a) foghlam tron Ghàidhlig a tha ga thoirt seachad san sgìre aca,
  - (b) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha ga thoirt seachad san sgìre aca, no
  - (c) an dà sheòrsa foghlaim sin (ma tha iad san sgìre aca).
- (3) **Tha an fho-earrainn seo buntainneach nuair a tha ùghdarras foghlaim, agus iad a' coileanadh an dleastanais fo earrainn 1(1) de dh'Achd 1980 (dleastanas air ùghdarrasan foghlaim gus foghlam a thoirt seachad no a stèidheachadh) chun na h-ìre 's gum buin e ri foghlam sgoile, a' toirt seachad no a' stèidheachadh nan seòrsaichean foghlaim a leanas san sgìre aca–**
- (a) foghlam tron Ghàidhlig,
  - (b) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
  - (c) an dà sheòrsa foghlaim sin.



- (4) **Tha an fho-earrainn seo buntainneach nuair a ni ùghdarras foghlaim feum den chumhachd ann an earrainn 1(1C) de dh'Àchd 1980 le bhith toirt seachad no a' stèidheachadh–**
- (a) foghlam tron Ghàidhlig,
  - (b) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
  - (c) an dà sheòrsa foghlaim sin.
- (5) **Ann a bhith coileanadh an dleastanais a thaobh a bhith cur foghlam air adhart fo fho-earrainn (2), feumaidh ùghdarras foghlaim ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun dèan iad sanasachd, ann an dòigh a tha iad ga mheas iomchaidh, air na tha ri fhaotainn san sgìre aca de na leanas–**
- (a) foghlam tron Ghàidhlig,
  - (b) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
  - (c) an dà sheòrsa foghlaim sin (ma tha iad san sgìre aca).
- (6) **Ann a bhith coileanadh an dleastanais fo fho-earrainn (2) a thaobh taice do dh'fhoghlam mar a tha e air a mhineachadh san fho-earrainn sin, feumaidh ùghdarras foghlaim–**
- (a) ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan, trèanadh agus na cothroman a tha dhith gu reusanta air luchd-teagaisg aca, agus sin ann an clas sam bith far a bheil am foghlam air a thoirt seachad, gus am foghlam sin a libhrigeadh ann an dòigh a tha freagarrach agus èifeachdach,
  - (b) ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi na goireasan aig sgoilearan, ann an leithid de chlasaichean, 's a tha dhith orra gu reusanta gus an urrainn dhaibh an cuid foghlaim fhaighinn ann an dòigh a tha freagarrach agus èifeachdach agus gus am faigh iad na buannachdan iomchaidh às an fhoghlam sin, agus
  - (c) aire a thoirt do stiùireadh sam bith a thèid fhoillseachadh fo earrainn 9 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005.



**16 Stiùireadh**

- (1) Tha Earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (stiùireadh airson foghlam Gàidhlig) air atharrachadh mar a leanas.
- (2) Ann am fo-earrainn (1), airson "Faodaidh", cuiribh "Feumaidh" na àite".
- (3) Às dèidh na fo-earrainn sin cuiribh a-steach—  
“(1A) Faodaidh cumhachan a bhith san stiùireadh fo fho-earrainn (1) a bhuineas gu h-àraidh ri bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean.  
(1B) Ann am fo-earrainn (1A), tha ciall aig an fhacal “sgoiltean” mar a gheibhear sa mhineachadh ann an earrainn 135(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.”.
- (4) Às dèidh fo-earrainn (2) cuiribh a-steach—  
“(2A) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach sam bith air a bheil dleastanasan a bhuineas ri foghlam Gàidhlig, no libhrigeadh foghlam Gàidhlig, aire a thoirt don stiùireadh ann a bhith coileanadh nan dleastanasan aca, far a bheil e follaiseach gu bheil an stiùireadh fo fho-earrainn (1) a' buntainn ris na dleastanasan sin.”.

**Mineachaidhean: Achdan eile****17 A' chiall a th' aig “foghlam Gàidhlig” agus “foghlam tron Ghàidhlig”**

- (1) Ann an earrainn 10(1) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (mineachadh), sa mhineachadh air “foghlam Gàidhlig”, às dèidh “a' ciallachadh foghlam” cuiribh a-steach “far a bheilear a' teagasg agus ag ionnsachadh”.
- (2) Ann an Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, ann an clàr 1 (molaidhean buntainneach), sa mhineachadh air “foghlam tron Ghàidhlig” ann am paragraf 12, às dèidh “teagasg” cuiribh a-steach “agus ionnsachadh”.

## Mineachaidhean airson Pàirt 2

### 18 Mineachaidhean airson Pàirt 2

**(1) Sa Phàirt seo, tha a' chiall aig na faclan is abairtean a leanas mar a tha iad air am mineachadh ann an earrainn 135(1) de dh'Àchd 1980–**

“tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne”,  
 “ùghdarras foghlaim”,  
 “pàrant”,  
 “sgoilear”,  
 “sgoil”,  
 “aois sgoile”,  
 “foghlam sgoile”.

**(2) Sa Phàirt seo–**

bidh “sgìre”, a bhuineas ri ùghdarras foghlaim, air a tuigsinn (ach nuair a tha ciall eile ann a rèir a' cho-theacsa) a rèir earrainn 135(1) de dh'Àchd 1980 (faicibh am mineachadh airson “ùghdarras foghlaim”), bidh “measadh iomlan” air a thuigsinn a rèir earrainn 12, tha “cànan na Gàidhlig” no “Gàidhlig” a' ciallachadh Gàidhlig mar a tha i air a bruidhinn ann an Alba, tha “foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig”, a thaobh na Gàidhlig, a' ciallachadh a bhith teagasg a' chànain do sgoilearan, agus iad ag ionnsachadh a' chànain, a th' ann am foghlam far a bheil a' Bheurla na prìomh chànan teagaisg,

tha “foghlam tron Ghàidhlig” a' ciallachadh teagasg agus ionnsachadh tron Ghàidhlig, tha “foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig” a' ciallachadh foghlam bun-sgoile far a bheilear a' teagasg agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig, tha “FBG” a' ciallachadh foghlam bun-sgoile Gàidhlig,

bidh “sgìre mheasaidh FBG” air a thuigsinn a rèir earrainn 8,

bidh “ciad mheasadh” air a thuigsinn a rèir earrainn 9,

bidh “foghlam bun-sgoile” air a thuigsinn a rèir earrainn 135(2) de dh'Àchd 1980 ach chan eil e a' gabhail a-steach–

(a) tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a dh'fheumas ùghdarras foghlaim a stèidheachadh fo earrainn 47(1) de dh'Àchd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014, agus

(b) foghlam sgoile sam bith as urrainn do dh'ùghdarras foghlaim a stèidheachadh fo earrainn 1(1C) de dh'Àchd 1980,

bidh “bun-sgoil” air a tuigsinn a rèir earrainn 135(2) de dh'Àchd 1980 ach chan eil e a' gabhail a-steach sgoil-àraich no clas sgoil-àraich (mar phàirt den chiall ann an earrainn 135(1) den Àchd sin).

bidh “pàiste a chaidh ainmeachadh” air a thuigsinn a rèir earrainn 7(2),

bidh “bliadhna”, no “buidheann air an aon bhliadhna”, air an tuigsinn a rèir earrainn 7(4).









Bòrd na Gàidhlig  
Taigh a' Ghlinne Mhòir  
Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis  
IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig  
Great Glen House  
Leachkin Road  
Inverness  
IV3 8NW

[www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)